



Oilthigh
Ghlaschu

University of Glasgow
Plana Gàidhlig
Gaelic Language Plan
2018—2021

AN NÌ NACH CLUINN
THU AN-DÙIGH, CHAN
AITHRIS TÈ MÀIREACH



GLASCHU
AG ATHARRACHADH
AN T-SAOGHAIL

An nì nach cluinn thu
an-diugh, chan aithris thu
a-màireach.


The knowledge you don't
have today, you can't share
tomorrow.

Clàr-innse

Contents

2. Facal-toisich
4. Ro-ràdh
9. Gàidhlig san Oilthigh
19. Conaltradh le Luchd-ùidhe
21. Dealasan Seirbheisean Corporra
27. Amasan is Prìomh Chomharran Coileanaidh
28. — Daoine
37. — Àite
47. — Adhbhar
61. — Com-pàirteachas
66. Co-theacsa Nàiseanta is Ionadail
72. Buileachadh is Sgrùdadh

2. Foreword
4. Introduction
9. Gaelic at the University
19. Stakeholder Engagement
21. Corporate Service Commitments
27. Aims and Key Performance Indicators
28. — People
37. — Place
47. — Purpose
61. — Partnership
66. National & Local Context
72. Implementation and Monitoring



Facal-toisich

Foreword

Tha mi air leth toilichte an dàrna Plana Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu airson 2018 – 21 a thaisbeanadh, a bheir comas dhuinn, coltach ris a' chiad phlana againn, cur gu brìgheil ri cànan is cultar na Gàidhlig a dh'ion, a chumail suas agus adhartachadh an dà chuid ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha sinn dha-riribh mothachail, ged a tha mòran air a choileanadh cheana ann an àrdachadh inbhe na Gàidhlig agus meudachadh chothroman conaltraidh ann an Gàidhlig tarsainn àireamh de roinnean, gu bheil a' Ghàidhlig mar mhion-chànan ann an suidheachadh cugallach fhathast. Tha sinn cuimhneachail air ar suidheachadh ann am baile-mòr a tha na dhachaigh do aon de na dùmhachdan as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig air an t-saoghal agus àireamh a tha a' sìor mheudachadh de luchd-labhairt ùr. Mar cho-thabhartaiche fad-amail a' cur ri tuigse don Ghàidhlig agus a cultaran, tha sinn gu tur dealasach ann a bhith a' cur taic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 – 23 agus a' creidsinn gu bheil tabhartas gun choimeas aig Oilthigh Ghlaschu ri chur ris a' chlàr-gnothaich seo.

Bheir na gealltanasan a tha air am mineachadh san sgrìobhainn seo, cead dhuinn togail air euchdan a' chiad Phlana Ghàidhlig againn le aire shònraichte air:

- rannsachadh mhodhan ùra air ionnsachadh cànan nar prògraman ceum Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam bogaidh agus ceanglaichean ri coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta
- ceannardas ann an rannsachadh agus iomlaid eòlais ann an raon planadh chorpas na Gàidhlig
- faicsinneachd na Gàidhlig nar leasachaidhean leantainneach air a' champas
- adhartachadh na Gàidhlig mar phàirt gun choimeas den dearbh-aithne 's den dualchas Albannach do ar luchd-ùidhe nàiseanta agus eadar-nàiseanta
- cumail suas conaltradh catharra brìghmhor le prìomh chom-pàirtichean Gàidhlig air feadh Baile Ghlaschu agus nas fhaide tro ar n-iomlaid eòlais agus ar clàran-gnothaich buile.

Tha am Plana Gàidhlig againn air ullachadh ann an co-rèir ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 – 23.

An t-Ollamh Sir Anton Muscatelli
Prionnsabal is Iar-Sheansalair
Oilthigh Ghlaschu

I am delighted to present the University of Glasgow's second Gaelic Language Plan for 2018 – 21, which like our inaugural plan, will enable us to make a significant contribution to the protection, maintenance and advancement of Gaelic language and culture, both in Scotland and internationally.

We are acutely aware that, while much has been achieved in raising the status of Gaelic and increasing opportunities to engage with Gaelic across many sectors, as a minority language its position is still precarious. We are mindful of our position in a city that is home to one of the largest concentrations of Gaelic speakers in the world, including an increasing number of new Gaelic speakers. As a long-standing contributor to the understanding of Gaelic and its cultures, we are fully committed to supporting the aims of the National Gaelic Language Plan 2018 - 23 and believe that the University of Glasgow has a unique contribution to make to this agenda.

The commitments outlined in this document will allow us to build on the achievements of our first Gaelic Language Plan with particular attention to:

- exploring new approaches to language learning in our Gaelic degree programmes including immersion education and links to traditional Gaelic communities
- leadership in research and knowledge exchange in the area of Gaelic language corpus planning
- the visibility of Gaelic in our ongoing campus developments
- the promotion of Gaelic as a unique and living facet of Scottish identity and heritage to our national and international stakeholders
- maintaining meaningful civic engagement with key Gaelic partners across the City of Glasgow and beyond through our knowledge exchange and impact agendas.

Our Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and with regard to the National Plan for Gaelic 2018 - 23.

Professor Sir Anton Muscatelli
Principal and Vice-Chancellor
University of Glasgow

Chaidh am Plana Gàidhlig seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 24 Sultain 2018.

This Gaelic Language Plan has been prepared under section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and was approved by Bòrd na Gàidhlig on 24 September 2018.



Ro-ràdh

Introduction

Air a stèidheachadh ann an 1451, is e Oilthigh Ghlaschu an ceathramh oilthigh as sine ann an saoghal na Beurla. Is sinn aon de na 100 oilthighean as fheàrr air an t-saoghal agus tha sinn air ar n-ainmeachadh mar Oilthigh Albannach na Bliadhna leis an Times agus le lùl Oilthighean Matha an Sunday Times 2018.

Is e àrd-amas ro-innleachdail Oilthigh Ghlaschu a bhith na aitreabh de dh'ìre chruinneil a nì atharrachadh aig ìre chruinneil: àite a bheir daoine brosnachail còmhla gus eòlas a dh'atharraicheas an saoghal a lorg agus a roinn. Tha sinn ag amas air:

- eòlas is tuigse do chànan is cultar na Gàidhlig fhiosrachadh tro rannsachadh aig ìre chruinneil agus teagasg ùr-ghnàthach
- taic a thoirt do dh'àrainneachd anns am faodar modhan-obrach ùr-ghnàthach a thaobh àbhaisteachadh air ionnsachadh, cleachdadh is adhartachadh na Gàidhlig a chur an cèill.

Tha cànan is cultar na Gàidhlig air a bhith gnìomhach ann am beatha an Oilthighe o chionn ùine mhòr. Bha Gàidhlig aig co-dhiù trìùir de ar Prionnsabalan agus tha luchd-obrach is oileanaich le Gàidhlig air a bhith ag obair agus ag ionnsachadh an seo on chaidh an t-Oilthigh a stèidheachadh, mar a tha ri fhaicinn sa phròiseact rannsachaidh iongantach againn, Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu | The Gaelic Story at the University of Glasgow.¹

Is ann mar seo a tha a' chùis san latha an-diugh le luchd-obrach is oileanaich a' cruthachadh coimhearsnachd Ghàidhlig a tha beòthail agus dinimigeach, an sàs ann an rannsachadh, teagasg, ionnsachadh agus gu cudromach, cleachdadh agus adhartachadh na Gàidhlig.

Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh gu làitheil air feadh a' champais againn agus chan eil i idir air a cuibhreachadh gu iadsan a tha ga sgrùdadh air prògraman ceum co-cheangailte ri Gàidhlig no ag obair ann an dreuchdan co-cheangailte ri Gàidhlig. Le stèidheachadh air ar sgeama còmhnaidheachd thùsail Ghàidhlig, Taigh na Gàidhlig, gheibh oileanaich cothrom gun choimeas a thighinn a dh'ionnsachadh air program

Founded in 1451, the University of Glasgow is the fourth oldest university in the English-speaking world. We are one of the top 100 of the world's universities and have been named Scottish University of the Year by The Times and The Sunday Times Good University Guide 2018.

The University of Glasgow's strategic ambition is to be a world-class, world-changing institution: a place that brings inspiring people together to discover and share knowledge that can change the world. We seek to:

- inform knowledge and understanding of Gaelic language and culture through world-leading research and innovative teaching
- support an environment in which innovative approaches to the normalisation of Gaelic language learning, usage and promotion can be realised.

Gaelic language and culture have long played a part in the life of the University. At least three of our Principals have been Gaelic speakers and Gaelic-speaking staff and students have worked and studied here since the University's foundation, as revealed in our fascinating research project, The Gaelic Story at the University of Glasgow | Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu.¹

This continues to be the case today with staff and students forming a vibrant and dynamic Gaelic community involved in Gaelic-related research, teaching, learning and importantly, usage and promotion.

Gaelic is used daily across our campus and is not confined to those studying on Gaelic-related degree programmes or working in Gaelic-related roles. The establishment of our pioneering Gaelic residency scheme, Taigh na Gàidhlig, offers students a unique opportunity to study on any academic programme, while maintaining a meaningful connection and opportunity to use Gaelic in their everyday lives.² This scheme was one of the principal achievements of our first Gaelic Language Plan (2012 – 17) and we are committed to continuing this offer in the future. During the life of this, our second Gaelic

acadaimigeach sam bith, ach aig an aon àm ceangal brìoghmhor a chumail suas agus cothrom air Gàidhlig a chleachdadh nam beatha làitheil.² B' e an sgeama seo aon de na prìomh choileanaidhean a thàinig às a' chiad Phlana Gàidhlig againn (2012 – 17) agus tha sinn dealasach a thaobh an tairgse seo a chumail a' dol san àm ri teachd.

Tro bheatha ar dàrna Plana Gàidhlig, tha sinn dealasach a thaobh iomadachd ar coimhearsnachd Ghàidhlig a shealltainn agus ar luchd-obrach is oileanaich a mhòr-thaisbeanadh, a tha a' cur gu brosnachail ri agus ag atharrachadh na dòigh a tha sinn a' faicinn 's a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba san latha an-diugh.

Language Plan, we are committed to demonstrating the diversity of our Gaelic community and to showcasing staff and students who are making inspirational contributions and changing the way we perceive and use Gaelic in Scotland today.

Tha Oilthigh Ghlaschu:

- air a rangachadh san 65mh àite air an t-saoghal agus b' e Oilthigh Ghlaschu a' chiad oilthigh san RA a fhuair rangachadh 5 Rionnagan Plus gu h-iomlan (Rangachaidhean Oilthighean an t-Saoghail QS, 2018)
- na bhall den Bhuidheann Russell chliùiteach de dh'oilthighean rannsachaidh as fheàrr san RA
- a' tarraing barrachd air 28,000 oileanach fo-cheuma agus iar-cheuma bho chòrr air 140 dùthaich gach bliadhna
- a' fastadh còrr air 8,000 ball de luchd-obrach, gar fàgail mar phrìomh fhastaiche ann am baile-mòr Ghlaschu

The University of Glasgow:

- is ranked 65th in the world and was the first UK university to be rated as 5 Stars Plus overall (QS World University Rankings 2018)
- is a member of the prestigious Russell Group of leading UK research universities
- attracts more than 28,000 undergraduate and postgraduate students from over 140 countries annually
- employs more than 8,000 members of staff making us a major employer in the city of Glasgow

¹

Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu
sgeulnagaidhlig.ac.uk

The Gaelic Story at the University of Glasgow
sgeulnagaidhlig.ac.uk

²

Taigh na Gàidhlig, Sgeama Còmhnaidheachd na Gàidhlig
gla.ac.uk/explore/gaelic/residencyscheme

Taigh na Gàidhlig, Gaelic Language Residency Scheme
gla.ac.uk/explore/gaelic/residencyscheme



**CHA DO
DH'FHOSGAIL
AN CÀNAN ACH
DORSAN DHOMH
A-RIAMH**

Iona NicIleBhàin

Iona NicIlleBhàin

Oileanach

Dh'fhàs mi suas a' bruidhinn Gàidhlig ann an dachaigh dhà-chànanach agus tha mi gam fhaicinn fhìn glè fhortanach gur e nì a th' ann dhòmhsa a tha air a bhith agam bho a-riamh; pàirt chunbhalach dem bheatha aig an taigh, san sgoil agus a' leantainn air adhart gu oilthigh.

Tha comas air Gàidhlig a labhairt an-còmhnaidh a' toirt dhomh faireachdainn gu bheil nì air choreigin a bharrachd agam agus gu bheil mi ceangailte ri nì a tha mòran nas motha na mi fhìn, nì a bha na bhrosnachadh soilleir dhomh gu mi fhìn a bhogadh ann an cànan eile san oilthigh. Dh'ionnsaich mi Lagh còmhla ri Frangais agus ged nach b' e mo chiad roghainn, tha mi a' faicinn a-nis gun robh sin ciallach, an dèidh ùidh mhòr a thogail ann an agartachd agus lagh chòraichean daonna.

Ged nach do roghnaich mi Gàidhlig a sgrùdadh, bha e na chofhurtachd a thiginn don oilthigh agus fios agam gun robh coimhearsnachd Ghàidhlig ann bhom faighinn taic, eadar gur ann dìreach tro na meadhanan sòisealta, coinneachadh ri cuideigin eadar clasaichean no a dhol gu cèilidh ann an Gàrraidhean an Oilthighe. Tha mi den bheachd gu bheil e a' sior fhàs cudromach gum biodh seo 'àbhaisteach' do luchd-labhairt na Gàidhlig uile agus gum bi buidhnean leithid an Oilthighe, ag inbheisteach ann an Gàidhlig agus a cultar mar phàirt den bheatha làitheil, chan ann a-mhàin ann an dòigh acadaimigeach ach air feadh a' champais.

Cha do dh'fhosgail an cànan ach dorsan dhomh a-riamh, agus tha mi glè fhortanach gun robh cothrom agam a cleachdadh còmhla ris na nithean eile sa bheil ùidh agam. Nuair a thàinig mi chun an oilthighe, ghabh mi ballrachd ann an club rugbaidh nam boireannach an dèidh a bhith nam neach-leantainn dìoghrasach de na Glasgow Warriors. Thàinig a bhith nam phàirt den sgioba gu bhith glè luath mar aon de na nithean a b' fheàrr leam nam dhreuchd oilthighe is chaidh mo thaghadh mar Cheann-suidhe a' chlub sa bhliadhna dheireanach agam. Mar thoradh air an seo agus m' ùidh sa ghèam, chaidh mo thaghadh cuideachd mar Neach-trèanaidh Tàlaint Ùir do TBh Nemeton. Ag obair còmhla ri BBC Alba, bidh mi a' cuideachadh leis a' phrògram rugbaidh aca a thaisbeanadh tro na sianalan mheadhanan sòisealta aca, ged is e a bhith a' taisbeanadh air tìbh beò an nì sa fheàrr buileach! 'S e cothrom a tha seo nach robh mi a-riamh a' smaoinichadh a gheibhinn agus cothrom a tha air raon de chothroman eile fhosgladh dhomh air tìbh agus rèidio, agus 's dòcha latheigin san t-seòmair cùirte!

Iona Whyte

Student

I grew up speaking Gàidhlig in a bilingual household and I count myself very fortunate in that for me, it is just something that has always been there; a regular part of my life at home, school and continuing on to university.

Having Gàidhlig has always given me a sense of having something more and being connected to something much bigger than myself, which was a definite motivation to learn and immerse myself in another language at university. I studied Law with French and though it wasn't an immediate choice, seems like a no-brainer now, having developed a real passion for litigation and human rights law.

Though I didn't choose to study Gàidhlig, it was a definite comfort coming to university knowing that there is a Gàidhlig community here to draw from, whether it is simply through social media, bumping into someone between classes or heading along to a cèilidh at uni gardens. I think it is increasingly important that this should be the 'norm' for all speakers and that organisations such as the University, are fully invested in making Gàidhlig and the culture that comes with it, part of daily life not just academically, but across campus.

The language has only ever opened doors for me and I am very fortunate to have been able to use it alongside my other interests. When I came to university, I joined the women's rugby club having been an avid Glasgow Warriors fan. My involvement with the club quickly became a highlight of university life and I was elected President in my final year. As a result of this and my interest in rugby, I was selected as the New Talent Trainee for Nemeton TV. I found myself working with BBC Alba helping to present their rugby coverage on social media platforms and in live TV broadcasts - a real highlight for me! This is an opportunity I never thought would be possible and one that has opened up a whole range of new prospects in television and radio, and maybe one day in a courtroom!

Gàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu

Gaelic at the University of Glasgow

Tha an solar Gàidhlig againn a' sìor fhàs prìomh-shruthach agus chan eil e air a mhineachadh no air a chuibhreachadh gu aon raon den Oilthigh. Gu h-ìosal, chithear dealbh de chuid de na prìomh raointean san Oilthigh le dleastanas airson taobhan sònraichte den t-solar Ghàidhlig a libhrigeadh.

Our Gaelic provision is becoming increasingly mainstreamed and is not defined by or limited to one area of the University. Below is an outline of some of the key areas of the University with responsibility for delivering specific aspects of our Gaelic provision.

UofG Gàidhlig³

Is e an t-seirbheis leasachaidh is poileasaidh againn a th' ann an UofG Gàidhlig, le dleastanas airson am Plana Ghàidhlig againn a bhuileachadh agus comhairle is taic a thoirt seachad do cho-obraichean air feadh an Oilthighe a tha an sàs ann an gnìomhachd co-cheangailte ri Gàidhlig. Tha ceannas aig UofG Gàidhlig cuideachd air prìomh phròiseactan leasachaidh a libhrigeadh, a' gabhail a-steach:

- Taigh na Gàidhlig
- Prògram bliadhnail de thachartasan Gàidhlig
- Trèanadh luchd-obrach is cothroman ionnsachaidh
- Leasachadh susbaint mheadhanan didseatach is sòisealta
- Gnìomhachd conaltraidh coimhearsnachd.

UofG Gàidhlig³

UofG Gàidhlig is our development and policy service responsible for the implementation of our Gaelic Language Plan and providing advice and support to colleagues across the University who are engaged in Gaelic-related activity. UofG Gàidhlig also oversees the delivery of key development projects including:

- Taigh na Gàidhlig
- Annual programme of Gaelic events
- Staff training and learning opportunities
- Digital and social media content development
- Community engagement activity.

³
UofG Gàidhlig
glasgow.ac.uk/gaelic

UofG Gàidhlig
glasgow.ac.uk/gaelic

Taigh na Gàidhlig

Tha sinn air leth mothachail don fheum air luchd-labhairt òg na Gàidhlig a sholarachadh le cothroman brioghmhor air an cànan a chleachdadh ann an suidheachaidhean nàdarra taobh a-muigh na h-àrainneachd acadaimigich, agus gu bheil sinne mar aitreabh foghlaim àrd-ìre, ann an suidheachadh gun choimeas airson taic a chur ri seo.

Stèidhich sinn ar sgeama còmhnaidheachd Gàidhlig, Taigh na Gàidhlig, ann an 2009 gus cothrom a thoirt do dh'oileanaich, ge be dè an cuspair acadaimigeach aca, a bhith beò taobh ri taobh le luchd-labhairt Gàidhlig eile. Tha an sgeama ag amas air pàtran deimhinneach a thaobh cleachdadh cànan a bhrosnachadh san roinn chudromach seo den àireamh-sluaigh, nì a tha na fhreagairt do dh'adhartachadh a' chànan san àm ri teachd.

Tha Taigh na Gàidhlig stèidhichte air modailean coltach ri seo ann an Èirinn agus sa Chuimrigh agus gu ruige seo, tha 40 oileanach air com-pàirteachadh san sgeama, a' gabhail a-steach oileanaich le Gàidhlig bho air feadh Alba a thuilleadh air oileanaich eadar-nàiseanta às an Fhionnlann, a' Phòlainn, an Ungair agus na Stàitean Aonaichte. Tha sinn air an sgeama fhosgladh o chionn ghoirid do luchd-labhairt Gàidhlig a tha ag ionnsachadh ann an aitreabhan eile ann an Glaschu, a' tarraing oileanaich bho Oilthigh Shrath Chluaidh, Conservatoire Rìoghail na h-Alba agus oileanaich ag ionnsachadh air astar le OGE. Tha com-pàirtichean sgeama Taigh na Gàidhlig air a bhith ag ionnsachadh raon farsaing de chuspairean, a' gabhail a-steach: Eachdraidh, Film is TBh, Lèigh-eòlas, Eaconamas, Foghlam Thidsearan, Lagh, Frangais, Cungaidh-eòlas, Ceòl, Litreachas na Beurla, Poilitigs agus Ceiltis is Gàidhlig.

Ann an rannsachadh air buaidh na sgeama ann an 2016, bha 100% den luchd-fhreagairt (oileanaich a bh' ann roimhe) deimhinnte gun robh cothroman mar seo deatamach do luchd-labhairt òg Gàidhlig ann an Alba.

We are very aware of the necessity to provide young Gaelic speakers with meaningful opportunities to use the language in natural settings beyond the academic environment and that we, as a higher education institution, are uniquely placed to support this.

We established our Gaelic language residency scheme, Taigh na Gàidhlig in 2009, to provide students, regardless of academic discipline, the opportunity to live alongside fellow Gaelic speakers with a view to encouraging positive language usage patterns in this important demographic, which is key for the future maintenance of the language.

Taigh na Gàidhlig is based on similar models in Ireland and Wales and to date 40 students have participated in the scheme and have included Gaelic-speaking students from all over Scotland as well as international students from Finland, Poland, Hungary and the US. We have recently opened the scheme to Gaelic speakers studying at other institutions in Glasgow which has attracted students from the University of Strathclyde, The Royal Conservatoire of Scotland and students studying at distance with the UHI. Participants of the Taigh na Gàidhlig scheme have studied a wide range of subjects including: History, Film and TV, Medicine, Economics, Teacher Education, Law, French, Pharmacology, Music, English Literature, Politics and of course, Celtic & Gaelic.

In researching the impact of the scheme in 2016, 100% of respondents (former residents) were emphatic that opportunities of this kind were crucial for young Gaelic speakers in Scotland.

Tha sinn air leth mothachail don fheum air luchd-labhairt òg na Gàidhlig a sholarachadh le cothroman brìoghmhor air an cànan a chleachdadh ann an suidheachaidhean nàdarra taobh a-muigh na h-àrainneachd acadaimigich, agus gu bheil sinne mar aitreach foghlaim àrd-ìre, ann an suidheachadh gun choimeas airson taic a chur ri seo.

We are very aware of the necessity to provide young Gaelic speakers with meaningful opportunities to use the language in natural settings beyond the academic environment and that we, as a higher education institution, are uniquely placed to support this.

Oileanaich - Taigh na Gàidhlig 2016 – 2017

Students - Taigh na Gàidhlig 2016 – 2017



Solar agus Rannsachadh Acadaimigeach Academic Provision and Research

Foghlam

Tha Oilthigh Ghlaschu a' tairgsinn trì prògraman soilleir fo-cheuma, Gàidhlig, Eòlas na Ceiltis agus Siobhaltachd Ceilteach, a' gabhail a-steach raon fharsaing de chùrsaichean air cànan, litreachas, eachdraidh agus cultar nan dùthchannan Ceilteach. Tha sùbailteachd a' cheum a' ceadachadh do dh'fho-cheumnaichean cùrsaichean Ceiltis & Gàidhlig a chothlamadh le raon farsaing de roinnean cuspaireil eile bho air feadh an Oilthighe, agus a thuilleadh air sin, faodaidh oileanaich tòiseachadh a' sgrùdadh Gàidhlig aig ìre sam bith taobh a-staigh a' cheuma aca, an dà chuid aig ìre fho-cheumnach neo iar-cheumnach.

Tha còrr is 300 oileanach air cùrsaichean fo-cheuma a ghabhail ann an Ceiltis & Gàidhlig eadar 2017 – 18, le 55 dhiubh sin ag ionnsachadh air cùrsaichean Gàidhlig sònraichte.⁴ Tha sinn cuideachd a' libhrigeadh cùrsa Cur an Aithne Cultar na Gàidhlig / Introduction to Scottish Culture a tha air a ghabhail le timcheall air 200 oileanach a' tadhal bho thall-thairis gach bliadhna.

Tha ùr-ghnàthachasan o chionn ghoirid ann an solar Gàidhlig aig ìre ceum le Urram, a' gabhail a-steach chùrsaichean ùra air Beul-Aithris Ghàidhlig na h-Alba / The Folklore of Gaelic Scotland agus Seinn sa Ghàidhlig / Gaelic Song in Performance, na dhà dhiubh a tha air an teagasg air leth tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig, a' fosgladh a-mach ar cùrsaichean do dh'oileanaich ann an roinnean cuspaireil eile leithid Ceòl.

Tha coimhearsnachd iar-cheumach dhinimigeach an lùib Ceiltis & Gàidhlig a tha an sàs ann am farsaingeachd de raointean rannsachaidh, a' gabhail a-steach:

- meadhanan Gàidhlig
- litreachas agus cultar na Gàidhlig
- ainmean-àite
- litreachas Cuimreach
- Ealain Cheilteach

Tha àireamh de sgoilearan iar-dhotaireil a' cur ri ar teagasg agus rannsachadh cuideachd. Tha rannsachadh luchd-obrach o chionn ghoirid a' gabhail a-steach Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu | The Gaelic Story at the University of Glasgow; Glaschu.net ann an co-obrachadh le raon de chom-pàirtichean bhon taobh a-muigh a tha a' toirt làthaireachd na Gàidhlig ann an Glaschu, a-nis agus san àm a dh'fhalbh, gu ar n-aire; Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig | the Digital Archive of Scottish Gaelic (DASG), ionad-tasgaidh air-loidhne

Education

The University of Glasgow offers three distinct undergraduate degree programmes, Gaelic, Celtic Studies and Celtic Civilisation, encompassing an extensive range of courses on the language, literature, history and culture of the Celtic countries. The flexibility of our degrees allows undergraduates to combine Celtic & Gaelic courses with a wide range of other subject areas from across the University and, in addition, students may begin studying Gaelic at any level within their degree, whether undergraduate or postgraduate.

Over 300 students have taken undergraduate courses in Celtic & Gaelic between 2017 – 18, 55 of these studying on specific Gaelic language courses. We also deliver an Introduction to Scottish Culture course which is taken by around 200 visiting overseas students each year.⁴

Recent innovations in Gaelic provision at Honours level include new courses on Beul-Aithris Ghàidhlig na h-Alba / The Folklore of Gaelic Scotland and Seinn sa Ghàidhlig / Gaelic Song in Performance, both of which are taught with separate English- and Gaelic-medium cohorts, opening up our courses to students in other subject areas such as Music.

Celtic & Gaelic has a dynamic postgraduate community involved in a range of research areas including:

- Gaelic media
- Gaelic literature and culture
- Place-names
- Welsh literature
- Celtic Art

A number of post-doctoral scholars also contribute to our teaching and research. Recent staff research includes Sgeul na Gàidhlig | The Gaelic Story at the University of Glasgow; Glaschu.net in collaboration with a range of external partners which brings the presence of Gaelic in Glasgow, now and in the past, to the fore; Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig | the Digital Archive of Scottish Gaelic (DASG), an online repository of digitised texts and lexical resources for Scottish Gaelic.

⁴
Roinn cuspaireil Ceiltis is Gàidhlig
gla.ac.uk/celticgaelic

Subject area of Celtic & Gaelic
gla.ac.uk/celticgaelic

de theacsaichean air an didseatadh agus stòrasan faclairèil airson Gàidhlig na h-Alba.

Mar phàirt den deuchainn a thaobh measadh rannsachaidh air feadh na RA, REF 2014, chaidh rannsachadh ann an Ceiltis is Gàidhlig a chur am measg nan 10 a b' àirde taobh a-staigh a' phannail Nuadh-chànanan is Cànanachais, agus sa chiad àite san RA am measg nan aonadan Eòlais na Ceiltis a chuireadh a-steach gu neo-eisimeileach. Tha sinn ag obair le raon de chom-pàirtichean bhon taobh a-muigh, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, Glaschu Beò, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Ceòlas, a thuilleadh air diofar chom-pàirteachasan cruth-tìre dualchais agus buidhnean coimhearsnachd, gus ar rannsachadh a leudachadh agus a sgaoileadh seachad air foghlam àrd-ìre.⁵

A thuilleadh air ar solar acadaimigeach aig ìrean fo-cheuma agus iar-cheuma, tha sinn a' tairgsinn chùrsaichean Gàidhlig don phoball mar phàirt de ar solar taobh a-staigh Cùrsaichean Goirid aig ìrean 1 agus 2. Tha na cùrsaichean sin nam pàirt de raon nas fharsaing de chùrsaichean cànanain agus tha iad air an leasachadh fo Fhrèam Theisteanasan is Creideis na h-Alba le cuibheas de 34 oileanach gach bliadhna.⁶

As part of the UK-wide research assessment exercise, REF 2014, research in Celtic & Gaelic was placed among the top 10 within the Modern Languages and Linguistics panel, and first in the UK among those Celtic Studies units submitting independently. We work with a range of external partners including Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Historic Environment Scotland, Scottish Funding Council, Glasgow Life, and Ceòlas, as well as various heritage landscape partnerships and community groups, to extend and disseminate our research beyond higher education.⁵

In addition to our academic provision at undergraduate and postgraduate levels, we offer Gaelic courses to the public as part of our provision within Short Courses at levels 1 and 2. These courses are part of a wider portfolio of language courses and have been developed under the Scottish Credit and Qualifications Framework with an average annual uptake of 34 students.⁶

⁵

Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis
gla.ac.uk/scottishcelticstudies

Centre for Scottish & Celtic Studies
gla.ac.uk/scottishcelticstudies

⁶

Cùrsaichean Goirid
gla.ac.uk/study/short

Short Courses
gla.ac.uk/study/short

Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig⁷

Digital Archive of Scottish Gaelic (DASG)⁷

Chaidh an Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2006 leis na prìomh amasan a leanas:

- an tasglann obrach a-muigh air a ghineadh le pròiseact Faclair Eachdraidheil na Gàidhlig (FEG), a ghleidheadh agus a neartachadh le bhith a' toirt cothrom air faotainn air-loidhne
- Corpas na Gàidhlig, a' chiad chorpas làn-teacsa choitcheann de theacsaichean clò-bhuailte do Ghàidhlig na h-Alba, a chruthachadh agus e bhith ri faotainn an-asgaidh air an eadar-lìon
- Faclair na Gàidhlig, an corpas teacsail don phròiseact eadar-oilthighe a sholarachadh, ag amas air a' chiad faclair iomach-uimseach agus eachdraidheil de Ghàidhlig na h-Alba a chruthachadh
- stòras a sholarachadh a nì planadh corpais agus teicneòlas leasachadh corpais don Ghàidhlig, nas fhasa.

Is e pròiseact rannsachaidh aithnichte leis an Acadamaidh Bhreatannach a th' ann an DASG, air aontachadh tro ath-sgrùdadh dian le co-leithidean, a tha air a bhith a' faotainn maoinachadh cunbhalach bhon Acadamaidh bho 2008. A thuilleadh air sin, chaidh maoinachadh bhon taobh a-muigh de £1.4M a bhuileachadh air DASG thar nan 10 bliadhna mu dheireadh bho Chomunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, Urras Brosnachaidh na Gàidhlig agus cuideachd bho Oilthigh Ghlaschu, Comhairle Maoinachaidh na h-Alba, ESRC agus AHRC tro Faclair na Gàidhlig.

Chaidh làrach-lìn DASG fhoillseachadh ann an 2014 anns a bheil trì prìomh cho-phàirtean: an eadar-aghaidh sgrùdaidh gu Corpas na Gàidhlig; Faclan bhon t-Sluagh, cruinneachadh làn didsichte de c. 700 ceisteachan is liosta-fhaclan air an cruinneachadh air feadh sgìrean Gàidhlig na h-Alba agus ann an Alba Nuadh eadar na 1960an agus na 1980an; agus an tasglann fuaime, Cluas ri Claisneachd, ionad-tasgaidh didseatach anns a bheil clàraidhean labhairt agus òrain le tar-sgrìobhadhean nan cois. Thar nan trì bliadhna mu dheireadh, tha sinn air a bhith a' catalogadh, a' didseatadh agus a' tar-sgrìobhadh clàraidhean èisteachd bho thasglann FEG, agus chaidh stòras ùr eadar-lìn fhoillseachadh san Lùnastal 2018 a th' air an goireas iongantach seo fhosgladh dhan mhòr-shluagh.

The Digital Archive of Scottish Gaelic project was established in 2006 with the following main aims:

- to preserve and enhance the rich fieldwork archive generated by the Historical Dictionary of Scottish Gaelic (HDSG) project by making it freely available online
- to create the first comprehensive full-text corpus of printed texts for Scottish Gaelic, Corpas na Gàidhlig, and make it freely available on the internet
- to provide the textual corpus for the inter-university project, Faclair na Gàidhlig, aimed at creating the first ever comprehensive historical dictionary of Scottish Gaelic
- to facilitate and stimulate research in Gaelic-related studies in a variety of disciplines, especially semantics, lexicology and corpus linguistics but also including the social sciences
- to provide a resource which will facilitate corpus planning and corpus development technology for Gaelic.

DASG is a British Academy recognised research project, approved through rigorous peer review, which has received regular funding from the Academy since 2008. In addition, DASG has been awarded £1.4M external funding over the last 10 years from Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, the Gaelic Language Promotional Trust and from the University of Glasgow, the Scottish Funding Council, ESRC, and AHRC via Faclair na Gàidhlig.

The DASG website was launched in 2014 and consists of three main components: the search interface to Corpas na Gàidhlig; Faclan bhon t-Sluagh, a fully digitised collection of c. 700 questionnaires and wordlists collected throughout Gaelic Scotland and in Nova Scotia between the 1960s and 1980s; and Cluas ri Claisneachd | Audio Archive, an online repository of recordings of speech and song with accompanying transcriptions. Over the last three years, we have been working on cataloguing, digitising and transcribing audio recordings from the HDSG archive, and a new web resource was launched in August 2018 to provide public access to this unique resource.

⁷
Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig
dasg.ac.uk

Digital Archive of Scottish Gaelic
dasg.ac.uk

Tha DASG air còrr agus 30 ceumnaiche Gàidhlig fhastadh bho 2009 a tha uile air buannachd fhaotainn à àrainneachd obrach a tha labhairt na Gàidhlig sa mhòr-chuid, agus chaidh am pròiseact a gheàrr-liostadh ann an Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2017 san roinn 'Sàr Dhuais na Gàidhlig'.

A thuilleadh air ar com-pàirteachas fad-amail leis an iomairt eadar-oilthighe, Faclair na Gàidhlig, tha DASG air dà chom-pàirteachas ùr a thogail o chionn ghoirid le:

- Oilthig Cheap Breatainn agus Riaghaltas Alba Nuadh a thaobh tionaladh de chorpas agus faclair de dh'òrain Ghàidhlig Alba Nuadh, le Tabhartas Leasachaidh Com-pàirteachas de \$200k bho Chomhairle Rannsachaidh nan Saidheansan Sòisealta agus nan Daonnachdan ann an Canada
- Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS) airson dealbhan digiteach de leabhraichean ainneamh NLS a cheangal le teacsaichean agus stòrasan DASG, a' leantainn gu meudachadh cudromach ann an trafaig air an làrach-lìn.

Rinn am pròiseact LEACAG (Leasachadh Corpais na Gàidhlig) air an do chuireadh crìoch o chionn ghoirid, feum brìgheil air Corpas na Gàidhlig gus cuid de na cùisean as deatamaiche ann an gràmar Gàidhlig co-aimsireil a rannsachadh le fìor dhàta bho litreachas Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh thar nan 70 bliadhna a dh'fhalbh. Fhuair an stiùireadh gramataigeach a bha na thoradh air an sin, aonta o chionn ghoirid bhon Chomataidh Comhairleachaidh Cànanain aig Bòrd na Gàidhlig agus thèid fhoillseachadh nas fhaide air adhart am-bliadhna.

Gàidhlig

- Ann an 2017 – 18, dh'fhastaidh sinn 25 ball de luchd-obrach ann an dreuchdan Gàidhlig speisealaichte, 5 nar eile ann an dreuchdan co-cheangailte ri Gàidhlig agus tha 319 oileanach clàraichte air prògraman acadaimigeach taobh a-staigh Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig
- Tha sinn a' teagasg Gàidhlig aig ìre tòiseachaidh do chuibheas de 20 ball den luchd-obrach gach bliadhna, agus a thuilleadh air sin a' solarachadh mothachaidh do mu 40 ball den luchd-obrach gach bliadhna
- Tha sinn a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh goirid ann an Gàidhlig don choimhearsnachd fharsaing aig 2 ìre, le frithealadh timcheall air 34 neach sa bhliadhna

DASG has employed over 30 Gaelic graduates since 2009 who have all benefitted from a predominantly Gaelic-speaking work environment and the project was shortlisted for the 2017 Scottish Gaelic Awards in the category of 'Best Contribution to Gaelic'.

In addition to our long-established partnership with the inter-university initiative Faclair na Gàidhlig, DASG has recently entered into two new partnerships with:

- Cape Breton University and the Nova Scotia Government on the compilation of a corpus and dictionary of Nova Scotia Gaelic song, with a \$200K Partnership Development Grant from the Social Sciences and Humanities Research Council of Canada
- the National Library of Scotland (NLS) to link digital images of NLS rare books with DASG texts and resources, leading to a significant increase in traffic to our website.

The recently completed LEACAG (Leasachadh Corpais na Gàidhlig | Gaelic Corpus Development) project made significant use of Corpas na Gàidhlig in order to research some of the most pressing issues in contemporary Gaelic grammar with actual data from Gaelic literature published over the last 70 years. The resulting grammatical guidance was recently approved by Bòrd na Gàidhlig's Comataidh Comhairleachaidh Cànanain ('Linguistic Advisory Committee') and will be published later this year.

Gaelic

- In 2017 – 18, we employed 25 members of staff in specialised Gaelic positions, a further 5 in Gaelic-related roles and have 319 students enrolled on academic programmes within Celtic & Gaelic
- We teach beginners level Gaelic to an average of 20 members of staff annually and provide awareness training to approximately 40 members of staff annually
- We offer short learning opportunities in Gaelic to the wider community at 2 levels and have an average annual uptake of 34

THA GÀIDHLIG GLÈ BHEÒ ANN AM BAILE-MÒR GHLASCHU

Ryan Dziadowiec



Ryan Dziadowiec

Oileanach Student

Tha mi nam neach-labhairt dùthchasach ann am Pòlainnis is Beurla agus is i a' Ghàidhlig an còigeamh cànan a chaidh a theagasg dhomh nam bheatha. Bha e dùbhlach a bhith misneachail aig toiseach gnothaich Gàidhlig a chleachdadh ann an còmhraidh ach bha measgachadh de chùrsaichean co-cheangailte ri Gàidhlig agus modhan teagaisg an lùib a' chùrsa ceum agam, a chuidich leis an sin. Bho fhuaimneachadh is fuaimneachas sa chiad bhliadhna, gu òraidean air bàrdachd is rosg Gàidhlig, sgoiltean samhraidh Gàidhlig agus clasaichean còmhraidh cunbhalach, chunnaic mi mi fhìn a' dèanamh adhartais glè luath.

Bidh mi air leth toilichte ceumnachadh air an t-samhradh seo le MA ann an Eòlas Ceilteach is Litreachas Beurla agus tha mo thuras gu ionnsachadh Gàidhlig ann an Alba air mo thoirt a-nis gu Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh far a bheil mi an impis dreuchd ùr a ghabhail mar Inntearnach Rannsachaidh Gàidhlig.

Tha a bhith comasach air Gàidhlig a labhairt air saoghal mòr ùr agus gu dearbh sealladh air an t-saoghal fhosgladh dhomh. Tha e air iongnadh a chur orm an raon de shlighean dhreuchdan a tha fosgailte dhomh agus 's e cànan a th' innte a bhios mi a' cleachdadh le cuid de na caraidean as dlùithe dhomh agus cànan a tha mi a' cleachdadh a cheart cho furasta ri Pòlainnis agus Beurla.

Tha Gàidhlig glè bheò ann am Baile-mòr Ghlaschu agus bha ionnsachadh a' chànain ann an Oilthigh Ghlaschu na stèidh a bhrosnaich mi gu com-pàrteachadh ann an saoghal beòthail a' chiùil agus a' chultair, iomairteachd cànan, agus tachartasan neo-fhoirmeil is cothroman ionnsachaidh. Tha an t-Oilthigh fhèin a' solarachadh mòran chothroman air feadh na bliadhna do na h-oileanaich airson spòrs, a bhith sòisealta agus dàimhean a thogail ann an Gàidhlig. Rinn a' ghniomhachd seo air falbh bhon a' churraicealam diofar mòr air mo sgilean ann an Gàidhlig agus tha cuimhneachain fìor bhlàth agam de na tachartasan sin a thuilleadh air cruinneachaidhean sòisealta leis a' Chomann Oiseanach.

Tha mi air coinneachadh ri mòran daoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh bho thall-thairis ag innse sgeul. Tha ùidh mhòr ann an Gàidhlig air feadh na Roinn Eòrpa agus air feadh na cruinne-cè, ùidh a tha a' dol fada nas doimhne na aran-milis, magnaidean tartain fuaradair agus cairtean-puist le bò Ghàidhealach.

Gu pearsanta, tha eòlas air Gàidhlig air ceadachadh dhomh dealbh nas fhirinniche fhaotainn air eachdraidh na h-Alba, agus air sgàth seo am measg adhbharan eile, tha e luachmhor is cudromach gu bheil Oilthigh Ghlaschu a' tairgsinn Gàidhlig mar chùrsa agus mar phrògram ceuma a tha ruigsinneach do dh'oileanaich na dùthcha seo agus gu h-eadar-nàiseanta.

I'm a native speaker of Polish and English and Gaelic is actually the fifth language I've been taught in my life. As with any language, it's daunting at first to have the confidence to use Gaelic in conversation but my degree involved a variety of Gaelic-related courses and approaches to teaching that helped with that. From pronunciation and phonetics in first year, through to lectures on Gaelic poetry and prose, annual Gaelic summer schools and regular conversation classes, I quickly noticed myself making lots of progress.

I'm delighted to have graduated this summer with an MA in Celtic Studies & English Literature and my journey to study Gaelic in Scotland has now led me to the Cairngorm National Park Authority where I'm about to take up a new position as a Gaelic Research Intern.

Being able to speak Gaelic has opened a whole new world and indeed worldview for me. I've certainly been surprised by the range of career paths that are available to me and it's now a language that I use with some of my closest friends and one that I speak just as casually as I do Polish and English.

Gaelic is very much alive in the City of Glasgow and studying the language at the University of Glasgow was a springboard into the lively music and cultural scene, language activism, and informal events and learning opportunities. The University itself provides numerous opportunities throughout the year for students to have fun, socialise and form friendships in Gaelic. This extracurricular activity made such a difference to my skills in Gaelic and I have really fond memories of these events as well as social gatherings with the Ossianic Society.

I have encountered many people over the years who are learning Gaelic and the number of learners from abroad is very telling. There is a deep interest in Scotland all around Europe and world-wide, an interest which goes much deeper than shortbread, tartan fridge magnets and Highland coo' postcards.

Personally, having a knowledge of Gaelic has allowed me to gain a more authentic picture of Scottish history and for this reason, amongst others, I think it's both valuable and important that the University of Glasgow offers Gaelic as a course and a degree programme which is accessible to both domestic and international students.

Conaltradh le Luchd-ùidhe Stakeholder Engagement

Co-chomhairle Phoblach

Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana Ghàidhlig, bha sinn a' sireadh bheachdan an luchd-ùidhe air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh tro cho-chomhairle air-loidhne agus thug sinn aoigheachd do thachartas a-staigh airson luchd-dèanamh cho-dhùnaidhean agus riochdairean bho phrìomh roinnean den Oilthigh.

Fhuair sinn 128 freagairt don cho-chomhairle air-loidhne agus den àireamh iomlan de fhreagairtean, bha 95.3% bho Luchd-obrach agus Oileanaich an Oilthighe.

B' e nì glè dheimhinneach a bh' anns a' phròiseas co-chomhairleachaidh leis a' mhòr-chuid de luchd-freagairt a' toirt taic do na h-amasan agus na Prìomh Chomharran Coileanaidh a bha air am moladh. Chaidh beachdachadh gu cùramach air molaidhean an luchd-ùidhe againn agus tha iad air a bhith thar luach ann an cuideachadh leis an sgrìobhainn seo a chumadh agus a ghrinneachadh.

Public Consultation

In preparing our Gaelic Language Plan, we sought the views of both internal and external stakeholders through an online consultation exercise and hosted an internal event for decision makers and representatives from key areas of the University.

We received 128 responses to the online consultation and, of the total number of responses, 95.3% were from University Staff and Students.

Our consultation process was a very positive exercise with respondents overwhelmingly in support of our proposed aims and KPIs. The views of our stakeholders have been carefully considered and have been invaluable in helping to shape and refine this document.



Suirbhidh Luchd-obrach

Staff Survey

Mar phàirt den deuchainn co-chomhairleachaidh againn, thug sinn cuireadh do luchd-obrach com-pàirteachadh ann an suirbhidh gus sgilean cànan agus ùidhean Gàidhlig a mheasadh. Fhuair sinn 100 freagairt don t-suirbhidh bho tharsainn 4 Colaistean an Oilthighe agus Seirbheisean an Oilthighe.

Thaisbean na toraidhean gun robh 20 ball den luchd-obrach le comasan ann an Gàidhlig nach robh aithnichte roimhe do UofG Gàidhlig, agus ged nach robh sgilean sam bith ann an Gàidhlig aig suas ri 40% den luchd-fhreagairt, thug 65% an ùidh fa-near ann an cothroman ionnsachaidh an-asgaidh an Oilthighe do luchd-obrach. Cleachdaidh sinn an dàta a chaidh a thional san obair seo gus ceanglaichean nas dlùithe a stèidheachadh le daoine fa leth agus bunait a chruthachadh airson conaltradh nas fheàrr le pàrtaidhean le ùidh air feadh an Oilthighe mar a tha mìnichichte nar n-amasan agus sna Prìomh Chomharran Coileanaidh.

As part of our consultation exercise we invited staff to participate in a survey to assess Gaelic language skills and interests. We received 100 responses to the survey from across the University's 4 Colleges and University Services.

The findings revealed 20 members of staff with abilities in Gaelic that were previously unknown to UofG Gàidhlig and, while approximately 40% of respondents had no skills in Gaelic, 65% noted their interest in accessing the University's free learning opportunities for staff. We will use the data gathered in this exercise to forge closer links with individuals and to form the basis for better communication with interested parties across the University as outlined in our aims and KPIs.

Dealasan Seirbheisean Corporra

Corporate Service Commitments

Tha liosta de dhealasan corporra gu h-ìosal a tha a-nis nan cleachdadh àbhaisteach a' leantainn air buileachadh a' chiad Phlana Ghàidhlig againn 2012 – 2017. Is e na dealasan gu h-ìosal, iadsan air nach eil iomradh ga thoirt sna prìomh amasan againn agus na Prìomh Chomharran Coileanaidh airson 2018 – 21.

Dearbh-aithne: Suaicheantas

- Tha suaicheantas Oilthigh Ghlaschu ri fhaotainn ann am Beurla, Gàidhlig agus dà-chànanach (Beurla / Gàidhlig) le stiùireadh air cleachdadh nan trì tionndaidhean, mar a tha air a mhion-fhiosrachadh ann an stiùireadh brannd oifigeil an Oilthighe.⁸
- Tha an suaicheantas Gàidhlig agus / no an suaicheantas dà-chànanach againn ga chleachdadh gu làithreach le UofG Gàidhlig, Ceiltis is Gàidhlig, Sgoil nan Daonnachdan, Colaiste nan Ealain, Talla Cheilbhinn, Bùth an Oilthighe agus Dàimhean air an Taobh A-muigh (Trusadh) ach chan eil e idir cuibhrichte no cuingealaichte gu na raointean sin.

Dearbh-aithne: Soidhnicean

- Tha soidhnicean dà-chànanach gu làithreach rim faicinn ann an 14 àiteachan air feadh a' champais agus a' cumail air adhart a' meudachadh gach bliadhna tro iarrtasan fa leth bho raointean cuspaireil is seirbheis.
- Is e ar n-amas a dhèanamh cinnteach gu bheil faicsinneachd na Gàidhlig anns na leasachaidhean ùra againn air a' champas air am mìneachadh ann am prìomh amasan agus Prìomh Chomharran Coileanaidh a' phàipeir seo.

Sgioba-obrach: Trusadh

- Ann an 2017 – 18, dh'fhastaidh sinn 25 ball den luchd-obrach ann an dreuchdan speisealaichte agus 5 nar eile ann an dreuchdan co-cheangailte ri Gàidhlig.
- Is e dreuchd mhaireannach làn-thìde a th' ann an dreuchd a' Mhanaidsear Leasachaidh Gàidhlig, le dleastanas airson ar Plana Gàidhlig.
- Tha sanasan trusaidh air am foillseachadh gu dà-chànanach far a bheil Gàidhlig deatamach no na sgiol ion-mhiannaichte airson na dreuchd.

Below is a list of corporate commitments which have become standard practice following the implementation of our first Gaelic Language Plan 2012 – 2017. The commitments below are those that are not otherwise referred to in our core aims and KPIs for 2018 – 21.

Identity: Logo

- The University of Glasgow's logo is available in English, Gaelic and bilingually (English / Gaelic) with guidance on the use of all three versions, detailed in the University's official brand guidelines.⁸
- Our Gaelic and, or bilingual logo is currently used by UofG Gàidhlig, Celtic & Gaelic, School of Humanities | Sgoil nan Daonnachdan, College of Arts, Kelvin Hall, the University Shop and External Relations (Recruitment) but is in no way restricted to or limited to these areas.

Identity: Signage

- Bilingual signage is currently visible in 14 locations across our campus and continues to increase annually at the request of individual subject and service areas.
- Our aim to ensure the visibility of Gaelic in our new campus developments is outlined in the main aims and KPIs of this document.

Staffing: Recruitment

- In 2017 – 18, we employed 25 members of staff in specialised Gaelic positions and a further 5 in Gaelic-related roles.
- The role of Gaelic Development Manager with responsibility for our Gaelic Language Plan, is a full-time permanent post.
- Recruitment adverts are published bilingually where Gaelic is an essential or desirable skill for the position.

⁸
Oilthigh Ghlaschu, Stiùireadh Brannd
gla.ac.uk/myglasgow/staff/brandguidelines/essentials/marque

University of Glasgow, Brand Guidelines
gla.ac.uk/myglasgow/staff/brandguidelines/essentials/marque

Tha luchd-obrach gam brosnachadh gu com-pàirteachadh ann an Latha Gàidhlig bliadhna an Oilthighe, anns a bheil tachartasan a' gabhail àite tarsainn a' champais agus iomairtean mheadhanan sòisealta.

Staff are encouraged to participate in the University's annual Gaelic Language Day which consists of events across campus and social media campaigns.

Sgioba-obrach: Gàidhlig san Àite-obrach

- Tha cothrom aig luchd-obrach cùrsaichean togail aire agus cùrsaichean cànan a fhrithealadh gach bliadhna a tha saor an-asgaidh dhaibh.
- Faodaidh luchd-obrach cothroman còmhraidh a fhrithealadh a tha fosgailte do luchd-obrach agus oileanaich gach seachdain tron a' bhliadhna acadaimigeach.
- Dhaibhsan a tha ag obair ann an roinn chuspaireil na Ceiltis is na Gàidhlig, tha poileasaidh Gàidhlig aig ìre ionadail ri fhaotainn gus an àrainneachd obrach dà-chànanach a dhion agus adhartachadh don dà chuid luchd-obrach agus oileanaich.
- Tha luchd-obrach gam brosnachadh gu com-pàirteachadh ann an Latha Gàidhlig bliadhna an Oilthighe, anns a bheil tachartasan a' gabhail àite feadh a' champais agus iomairtean mheadhanan sòisealta.
- Tha tachartasan a tha ag amas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig adhartachadh ann an Glaschu, gan eagrachadh gu cunbhalach do luchd-obrach.

Conaltradhean

- Tha sinn a' cur fàilte air conaltradh leis an Oilthig ann an Gàidhlig (tron phost, post-d no tro mheadhanan sòisealta) agus cuiridh sinn freagairt ann an Gàidhlig air ais gu buill den phoball.
- Tha Sgoil nan Daonnachdan an-còmhnaidh a' cleachdadh ainm dà-chànanach anns gach suidheachadh.
- Tha Gàidhlig ga labhairt gach bliadhna le ar Prionnsabal agus Àrd Iar-Phrionnsabal aig seirbheisean ceumnachaidh Cholaiste nan Ealain agus leis an t-Seansalair agus Iar-Phrionnsabal & Ceannard Cholaiste nan Ealain aig tachartasan poblach.

Staffing: Gaelic in the Workplace

- Staff have the opportunity to attend free Gaelic awareness and Gaelic language courses annually.
- Weekly conversation sessions are held throughout the academic year which are open to both staff and students.
- For those working in the subject area of Celtic & Gaelic, a local level Gaelic policy is in place to protect and promote the bilingual working environment for both staff and students.
- Staff are encouraged to participate in the University's annual Gaelic Language Day which consists of events across campus and social media campaigns.
- Events which aim to promote Gaelic-medium education in Glasgow are organised periodically for staff.

Communications

- We welcome communication with the University in Gaelic (via post, email or social media) and will provide members of the public with a response in Gaelic.
- School of Humanities | Sgoil nan Daonnachdan uses a bilingual name in all situations.
- Spoken Gaelic is used annually by our Principal and Senior Vice-Principal at graduation ceremonies for the College of Arts and by the Chancellor and Vice Principal & Head of the College of Arts at public events.

Foillseachaidhean: Stuthan Clò-bhuailte

- Tha stuthan co-cheangailte ri UofG Gàidhlig uile dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin mar as iomchaidh.
- Tha litreachas trusaidh co-cheangailte ri prògraman acadaimigeach Ceiltis is Gàidhlig a' nochdadh teacsa ann am Beurla is Gàidhlig agus a' cleachdadh suaicheantas Gàidhlig an Oilthighe gu coitcheann.
- Tha teacsa dà-chànanach air a chleachdadh ann an leabhran-iùil fho-cheumnaich gus Taigh na Gàidhlig, sgeama còmhnaidheachd Ghàidhlig an Oilthighe adhartachadh.
- Tha poileasaidh cànan aig ìre ionadail ann an roinn chuspaireil Ceiltis is Gàidhlig, a tha a' toirt stiùireadh do luchd-obrach agus oileanaich mu stuth dà-chànanach co-cheangailte ri sgrùdaidhean acadaimigeach.
- Tha stiùireadh air tràchdas a chur a-steach a tha sgrìobhte ann an Gàidhlig, air a ghabhail a-steach do Mhiosachan an Oilthighe.⁹

Foillseachaidhean: PR agus Meadhanan Didseatach

- Tha sinn a' leantainn air adhart a' sgaoileadh bhrathan naidheachd dà-chànanach mu Ghàidhlig agus naidheachdan co-cheangailte ri Gàidhlig san Oilthigh.
- Tha Oifis Chonaltraidhean is Chùisean Poblach a' toirt feum às an Uidheam Mheadhanan Gàidhlig againn a tha a' gabhail a-steach fiosrachadh conaltraidh aontaichte mu eadar-theangairean agus meadhanan Gàidhlig taobh a-muigh an Oilthighe.
- Tha Oifis Chonaltraidhean is Chùisean Poblach a' fastadh tosgaire mheadhanan sòisealta le Gàidhlig gu a sgioba oileanaich gach bliadhna, gus susbaint didseatach co-cheangailte ri Gàidhlig a thoirt gu buil.
- Tha sinn a' leantainn air adhart a' meudachadh susbaint Ghàidhlig air an làrach-lìn againn agus air ùrlaran nam meadhanan sòisealta gach bliadhna.

Corpas

- Tha e àbhaisteach dhuinn a bhith a' cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig 2005 ann an ullachadh stuthan sgrìobhte Gàidhlig.

Publications: Printed Materials

- All materials relating to UofG Gàidhlig are bilingual or Gaelic only where appropriate.
- Recruitment literature relating to Celtic & Gaelic academic programmes features both Gaelic and English text and makes use of the University's Gaelic logo as standard.
- Bilingual text is used in our undergraduate prospectus to promote Taigh na Gàidhlig, the University's Gaelic language residency scheme.
- The subject area of Celtic & Gaelic has a local level language policy in place which provides staff and students with guidance on bilingual material in relation to academic studies.
- Guidance on the submission of a thesis written in Gaelic has been incorporated into the University Calendar.⁹

Publications: PR and Digital Media

- We continue to issue bilingual press-releases on Gaelic and Gaelic-related news at the University.
- The Communications and Public Affairs Office make use of our Gaelic Media Toolkit which includes approved contacts for Gaelic translators and media contacts out with the University.
- The Communications and Public Affairs Office appoints a Gaelic-speaking social media ambassador to its student team annually to produce Gaelic-related digital content.
- We continue to increase Gaelic content on our website and social media platforms annually.

Corpus

- We adhere to the 2005 Gaelic Orthographic Conventions when preparing all Gaelic written materials as standard.

⁹
Miosachan an Oilthighe 2018 – 19
gla.ac.uk/media/media_599261_en.pdf

University Calendar 2018 – 19
gla.ac.uk/media/media_599261_en.pdf



**DH'FHAODADH
SINN AN RAON A
LEUDACHADH NAM
BIODH ÀITE NAS
MOTHA AGAINN!**

Mata MacUilleim

Mata MacUilleim

Manaidsear

Bùth Thiodhlacan an Oilthighe

Bho 2015, tha sinn air a bhith a' cumail raon de bhathar a tha a' nochdadh suaicheantas Gàidhlig an Oilthighe, a' gabhail a-steach: hudaidhean, lèintean-T, pinn, costairean is mugai-chean agus raon bun-speura an Oilthighe de lèintean troma le Oilthigh Ghlaschu air fhighe a-steach don deilbheadh. Thathar air gabhail gu math ris a' bhathar agus tha teachdaichean (le Gàidhlig, a tha a' cur taic ri agus gun mhothachadh don Ghàidhlig) air leth toilichte gu bheil an eileamaid seo den Oilthigh agus de chultar na h-Alba ga riochdachadh. Tha iarrtas airson a' bhathair cunbhalach tron bhliadhna ach nas làidire aig toiseach an teirm ùir nuair a bhios luchd-labhairt ùr Gàidhlig a' tighinn, timcheall air Latha na Gàidhlig agus seirbheisean ceumnachaidh.

Dh'fhaodadh sinn an raon a leudachadh nam biodh àite nas motha againn!

Tha an àireamh-sluaigh de theachdaichean a tha a' ceannach an stuth sin air a bhith glè eadar-mheasgte, bho bhuill de choimhearsnachd an Oilthighe le Gàidhlig gu luchd-turais le ùidh ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Nas iongantach buileach tha na h-àireamhan de luchd-turais Àisianach is bho Aimeireaga a Tuath a tha toilichte rudeigin a cheannach a tha a' taisbeanadh Gàidhlig.

Is iad na lèintean troma air a bheil Gàidhlig ri taobh na Beurla còmhla ri seann shuaicheantas an Oilthighe ann an Laid-eann, as fheàrr a tha air a bhith a' reic agus tha in-ghabhail air a' Ghàidhlig na adhbhar cudromach don luchd-ceannach, a thuilleadh air a bhith na nì a tha fasanta.

A thaobh reic, is e gnìomh a bh' ann a bha fìor luachmhor agus tha na h-àireamhan a' seasamh air an son fhèin. Bho 1ad Lùnastal 2015 gu ruige seo tha bathar air a bheil suaicheantas ann an Gàidhlig no briathran Gàidhlig air còrr agus £39,000 a chosnadh, a' gabhail a-steach barrachd air 2,300 pios aodaich, faisg air 500 peann agus còrr air 350 muga is costair. Tha sin mu 1.5% den reic iomlan thairis air an ùine seo.

Tha luach a bharrachd ann cuideachd a bhith a' cumail raon de bhathar a tha a' cur taic ris an taobh seo de dh'obair an Oilthighe agus a' dèanamh luchd-tadhail mothachail do dhealas an Oilthighe mun cuairt air Gàidhlig. A thaobh a bhith a' cur ri eòlas nan oileanach, chan eil teagamh nach eil oileanaich le Gàidhlig agus oileanaich a tha taiceil air leth toilichte an raon stuthan seo fhaicinn.

Matthew Williams

General Manager

The University Gift Shop

Since 2015, we have stocked a range of merchandise featuring the University's Gaelic logo including: hoodies, t-shirts, pens, coasters & mugs and the University skyline range of sweatshirts with *Oilthigh Ghlaschu* incorporated into the design.

Reaction to the products has been great and customers (Gaelic-speaking, supporting and unaware of Gaelic) are delighted to see this element of the University and Scottish culture represented. Demand is steady throughout the year, but greatest at the start of the new term, when new Gaelic speakers arrive, around Gaelic Language Day, and graduation ceremonies.

We could expand the range if we had more room!

The demographic of customers buying these products has been surprisingly varied from Gaelic-speaking members of the University community to tourists interested in Gaelic language and culture. Most notable has been the numbers of North American and Asian tourists pleased to buy something featuring Gaelic.

The sweatshirts which include Gaelic alongside English as well as the University's ancient Latin motto, have been one of our bestselling lines and the inclusion of Gaelic is a definite plus-point for customers, not least the sense that there's an added cool factor.

In terms of sales, it has absolutely been a worthwhile exercise and the figures speak for themselves. Since 1st August 2015 to date, sales of merchandise including the Gaelic logo or wording total just over £39,000 including over 2,300 items of clothing, nearly 500 pens and over 350 mugs and coasters. That's about 1.5% of total sales from this period.

There's also added value from stocking a range which supports this aspect of the University's work and makes visitors aware of the University's commitment to Gaelic. In terms of adding to the student experience, there's no doubt that Gaelic-speaking and supporting students are delighted to see the range.

Amasan agus Prìomh Chomharran Coileanadh

Aims and Key Performance Indicators

Ann an leasachadh a' Phlana Ghàidhlig seo airson na h-ùine eadar 2018 – 21, tha sinn air beachdachadh air na prìomh cho-dhùnaidhean is mhòlaidhean bhon obair co-chomhairleachaidh agus air ath-sgrùdaidhean air an taobh a-staigh 's an taobh a-muigh bho chiad Phlana Gàidhlig an Oilthighe, 2012 – 17.

Mar Oilthigh aig ìre chruinneil, tha sinn a' coimhead ri eòlas is tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig a chruthachadh 's a sgaoileadh tro rannsachadh, teagasg, agus modhan-obrach ùr-ghnàthach aig ìre chruinneil gu àbhaisteachadh air ionnsachadh, cleachdadh is adhartachadh na Gàidhlig.

Tha na duilleagan a leanas a' toirt:

- mìneachadh mionaideach air mar a choileanas sinn an t-amas seo agus Gàidhlig a leasachadh barrachd taobh a-staigh ar buidhne
- dealbh de mar a tha ar dealasan co-cheangailte ri prìomh sgrìobhainnean ro-innleachdail, a' gabhail a-steach *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 – 2023 agus Ro-innleachd Oilthigh Ghlaschu 2015 – 2020: Brosnachadh Dhaoine, Ag Atharrachadh an t-Saoghail*.

In developing this Gaelic Language Plan for the period 2018 – 21, we have considered the main conclusions and recommendations from our consultation exercise and both the internal and external reviews of the University's first Gaelic Plan, 2012 – 17.

As a world-class University, we seek to create and disseminate knowledge and understanding of Gaelic language and culture through world-leading research, teaching, and innovative approaches to the normalisation of Gaelic language learning, usage and promotion.

The following pages provide:

- a detailed outline of how we will achieve this aim and develop Gaelic further within our organisation
- an illustration of how our commitments relate to key strategic documents including *the National Plan for Gaelic 2018 – 2023 and the University of Glasgow Strategy 2015 – 2020: Inspiring People, Changing the World*.

Daoine People

Latha na Gàidhlig 2016
- Baile air Bhoil anns
an aonach QMU. Air a'
chlàradh le Bees Nees
Media do BhBC ALBA.

Gaelic Language Day
2016 - Baile air Bhoil
concert in the Queen
Margaret Union.
Recorded by Bees Nees
Media for BBC ALBA.



| Daoine: Amasan Àrd-ìreil | | | |
|---|------------------------------|---|----------------------------|
| | Adhartachadh Gàidhlig | Ionnsachadh Gàidhlig | Cleachdadh Gàidhlig |
| Daoine brosnachail a thoirt còmhla <ul style="list-style-type: none"> • An luchd-obrach as fheàrr fhadastad • Sàr-oileanaich a tharraing • Ceangal leis an t-saoghal tro eadar-nàiseantachd | | Ar n-eòlais a neartachadh air luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus pàrtaidhean eile aig a bheil ùidh, am measg luchd-obrach agus oileanaich le modhan-obrach ùra a thaobh tional dàta | |
| | | Stiùiridhean HR a leasachadh a thaobh na Gàidhlig mar sgit san àite-obrach agus iad sin a ghabhail a-steach do phròiseasan trusaidh agus poileasaidhean luchd-obrach | |
| | | Ro-innleachdan iomchaidh innleachadh airson dèiligeadh le trusadh gu prògraman ionnsachaidh co-cheangailte ri Gàidhlig agus cothroman ann an Gàidhlig adhartachadh seachad air cuspairean acadaimigeach | |
| | | Leantainn air adhart ag obair gu dlùth le co-obraichean agus com-pàirtichean eadar-nàiseanta gus cothroman acadaimigeach co-cheangailte ri Gàidhlig adhartachadh ann an Glaschu, gus ar n-eòlas agus ar rannsachadh a roinn le luchd-èisteachd eadar-nàiseanta tro cho-labhairtean, foillseachaidhean is co-obrachaidhean, agus ar cothroman iomlaid acadaimigeach is neo-fhoirmeil a chumail suas do dh'oileanaich ann an Gaillimh agus Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath fa leth | |

| People: High Level Aims | | | |
|---|-------------------------|---|---------------------|
| | Promoting Gaelic | Learning Gaelic | Using Gaelic |
| Bring Inspiring people together <ul style="list-style-type: none"> • Secure the best staff • Attract outstanding students • Connect with the world through internationalisation | | Strengthen our knowledge of Gaelic speakers, learners & interested parties amongst staff and students with new approaches to data gathering | |
| | | Develop HR guidelines in relation to Gaelic as a skill in the workplace and incorporate these into staff recruitment processes and policies | |
| | | Devise appropriate strategies to address recruitment to Gaelic-related programmes of study and the promotion of Gaelic opportunities beyond academic disciplines | |
| | | Continue to work closely with international colleagues and partners to promote Gaelic-related academic opportunities in Glasgow, to share our knowledge and research with international audiences through conferences, publications and collaborations, and to maintain our academic and informal exchange opportunities for Gaelic students in Galway and University College Dublin respectively | |

Daoine: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleasanais | Raon-Ama |
|--|--|--|---------------|
| <p>Ar n-eòlas air luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus pàrtaidhean eile le ùidh a neartachadh am measg luchd-obrach agus oileanaich, le modhan-obrach ùra a thaobh tional dàta</p> | <p>Dàta air sgilean is ùidhean Gàidhlig am measg luchd-obrach a thional tro MyGlasgow News, mar phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh air a' Phlana Ghàidhlig seo</p> | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Conaltraidhean is Cùisean Poblach | Bliadhna 1 |
| | <p>Bidh an cothrom air sgilean cànanain ann an Gàidhlig agus cànanan eile a nochdadh air an t-siostam Core HR air adhartachadh gach bliadhna</p> | <ul style="list-style-type: none"> • HR • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | <p>Bidh ceist air comasan Gàidhlig agus cothroman co-cheangailte ri Gàidhlig air a gabhail a-steach do Shuirbhuidh Beatha Oileanaich gach bliadhna. Bidh dàta a thèid a thional air a roinn le UofG Gàidhlig a' fiosrachadh poileasaidh is leasachadh air gnìomhan Gàidhlig aig UofG</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Fiosrachadh Planaidh is Gnothachais • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | <p>Tòisichidh sinn air conaltraidhean le UCAS gus rannsa-chadh a dhèanamh air a' chothrom air dàta mu luchd-labhairt na Gàidhlig a thional, nuair a chuireas iad tagradh do dh'oilthighean, agus ar toraidhean a roinn le aitreabhan eile ann an Alba agus luchd-ùidhe buntainneach eile</p> | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Dàimhean air an Taobh A-muigh | Bliadhna 2 |
| <p>Stiùiridhean HR a leasachadh a thaobh na Gàidhlig mar sgil san àite-obrach agus iad sin a gabhail a-steach do phròiseasan trusaidh is poileasaidhean luchd-obrach</p> | <p>Thèid stiùireadh aontachadh a thaobh dreuchdan buntainneach a mhineachadh gu bhith nan dreuchdan le Gàidhlig a bhith deatamach no ion-mhiannaichte, a' gabhail a-steach stiùireadh air riatanasan sanasachaidh dà-chànanach mun leithid sin de dhreuchdan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • HR • UofG Gàidhlig | Bliadhna 2 |
| | <p>Thèid aithris-rùn iomadachd ullachadh airson a chleachdadh ann an sanasan-obrach taobh a-staigh Cholaiste nan Ealain gus fàilte a chur air iartasan bho bhuidhnean gun riochdachadh iomchaidh agus teachdaireachd laidir gu bheil a' Cholaiste a' cur luach air sgilean Gàidhlig ann an dreuchd sam bith sa roinn seo</p> | <ul style="list-style-type: none"> • HR Colaiste nan Ealain | Bliadhna 2 |
| <p>Ro-innleachdan iomchaidh innleachadh airson dèiligeadh le trusaidh gu prògraman ionnsachaidh co-cheangailte ri Gàidhlig, agus cothroman ann an Gàidhlig adhartachadh seachad air cuspairean acadaimigeach</p> | <p>Buidheann-obrach geàrr-ama a chur air bhonn gus ro-innleachd trusaidh oileanaich cho-obrachail a leasachadh agus a bhuileachadh, a tha ag adhartachadh chothroman aig UofG, an dà chuid acadaimigeach agus neo-acadaimigeach. Bidh ballrachd a' gabhail a-steach riochdairean bho phrìomh raointean cuspaireil is seirbheis agus thèid maoinnean a shireadh airson taic a chur ri gnìomh ùr sam bith san raon seo</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis & Gàidhlig • SofH / SnanD¹⁰ • Colaiste nan Ealain • UofG Gàidhlig • Dàimhean air an Taobh A-muigh | Bliadhna 1 |

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleistanais | Raon-Ama |
|--|--|--|-----------------|
| | Ann an co-obrachadh le sgoiltean ann an Glaschu agus mu thimcheall Ghlaschu agus le amas air barrachd sgoilearan a tharraing gu Gàidhlig ionnsachadh mar chuspair gu àrd-ìre, cuiridh sinn tachartas air bhonn a bheir cothrom do sgoilearan àrd-sgoile air Gàidhlig mar chuspair Oilthighe a thuigsinn, a thuilleadh air in-shealladh nas fharsainghe a thoirt dhaibh air beatha an Oilthighe. Gabhaidh an tachartas aon-latha seo àite san Dàmhair 2018, a' coimhead ri a thairgsinn gach bliadhna le comas air fhosgladh a-mach gu sgoiltean air feadh Alba a tha a' teagasg Gàidhlig agus cuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Ceiltis & Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| | Leudaichidh sinn ar ruigsinneachd nas fhaide a-mach gu na h-Eileanan an Iar agus thèid stuth adhartachaidh Gàidhlig a leasachadh airson a chleachdadh sna sgìrean sin | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Dàimhean air an Taobh A-muigh | Bliadhna 2 |
| | Trusaidh sinn oileanach le Gàidhlig gu ar Prògram Tosgaire Oileanaich gus a dhol an sàs ann an gnìomhachdan trusaidh tron bhliadhna air feadh na dùthcha agus air a' champas | <ul style="list-style-type: none"> • Dàimhean air an Taobh A-muigh | Gach bliadhna |
| Leanaidh sinn air adhart ag obair gu dlùth le co-obrachaidhean agus com-pàirtichean eadar-nàiseanta gus cothroman acadaimigeach co-cheangailte ri Gàidhlig adhartachadh ann an Glaschu, gus ar n-eòlas agus ar rannsachadh a roinn le luchd-èisteachd eadar-nàiseanta tro cho-labhairtean, foillseachaidhean is co-obrachaidhean, agus ar cothroman iomlaid acadaimigeach is neo-fhoirmeil a chumail suas do dh'oileanaich ann an Gaillimh agus Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath fa leth | Cumaidh sinn suas ar com-pàirteachas stèidhichte le Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath tro libhrigeadh air: <ul style="list-style-type: none"> • Iomlaid bhliadhnail air oileanaich eadar Taigh na Gàidhlig (UofG) agus Teach na Gaeilge (UCD) • Co-labhairt Dà-bhliadhnail do Luchd-cleachdaidh Leasachadh Cànanain a tha ag obair ann am Foghlam Àrd-Ìre ann an Glaschu, Èirinn agus sa Chuimrigh | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Leanaidh sinn air adhart ag adhartachadh a' cheangail Erasmus a th' ann cheana le NUI Gaillimh agus oileanaich UofG | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis & Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Rannsaichidh sinn comas air tuilleadh cheanglaichean oileanaich a leasachadh le aitreabhan eadar-nàiseanta, a tha a' tairgsinn phrògraman làidir sgrùdaidh Gàidhlig agus le aire shònraichte air cothroman ann an Canada | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis & Gàidhlig | Bliadhna 2 is 3 |

People: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Responsible Area | Timescale |
|--|--|---|-----------|
| Strengthen our knowledge of Gaelic speakers, learners & interested parties amongst staff and students with new approaches to data gathering | Gather data on Gaelic skills and interests amongst staff via MyGlasgow News as part of the consultation process on this Gaelic Plan | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Communications & Public Affairs | Year 1 |
| | The opportunity to indicate language skills in Gaelic and other languages, on the Core HR system, will be promoted annually | <ul style="list-style-type: none"> • HR • UofG Gàidhlig | Annually |
| | A question on Gaelic abilities and interest in Gaelic-related opportunities will be included in the Student Life Survey annually. Data gathered will be shared with UofG Gàidhlig and will inform policy and the development of Gaelic activity at UofG | <ul style="list-style-type: none"> • Planning & Business Intelligence • UofG Gàidhlig | Annually |
| | We will initiate communications with UCAS to explore the opportunity to gather data on Gaelic speakers when they apply for university places and share our findings with other institutions in Scotland and other relevant stakeholders | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • External Relations | Year 2 |
| Develop HR guidelines in relation to Gaelic as a skill in the workplace and incorporate these into staff recruitment processes and policies | Guidelines will be agreed in relation to defining relevant positions as Gaelic essential or Gaelic desirable posts, and will include guidance on the bilingual advertising requirements of such positions | <ul style="list-style-type: none"> • HR • UofG Gàidhlig | Year 2 |
| | We will develop a diversity statement for all recruitment adverts relating to positions within the College of Arts which welcomes applications from under-represented groups and will include explicit reference to the value placed upon Gaelic language skills for anyone working in this area | <ul style="list-style-type: none"> • College of Arts HR • SofH / SnanD¹⁰ | Year 2 |
| Devise appropriate strategies to address recruitment to Gaelic-related programmes of study and the promotion of Gaelic opportunities beyond academic disciplines | Establish a short-term working group to develop and implement a collaborative student recruitment strategy which promotes Gaelic opportunities at UofG, both academic and non-academic. Membership will include representatives from key subject and service areas and funds will be sought to support any new activity in this area | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • SofH / SnanD • College of Arts • UofG Gàidhlig • External Relations | Year 1 |

| Action | Measure | Responsible Area | Timescale |
|---|---|--|------------|
| | <p>In collaboration with schools in and around Glasgow, and with a view to attracting more pupils to study Gaelic as a subject to higher grade, we will pilot an event which will provide Gaelic-speaking secondary pupils with an understanding of Gaelic as a University subject, as well as an insight into the life of the University more broadly. The one-day event will take place in October 2018 with a view to being offered annually and potentially opened to schools across Scotland teaching Gaelic and other subjects through the medium of Gaelic</p> | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Celtic & Gaelic | Year 1 |
| | <p>We will extend our reach further into the Western Isles and develop Gaelic language promotional material for use in these areas</p> | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • External Relations | Year 2 |
| | <p>We will recruit a Gaelic-speaking student to our Student Ambassador Programme to engage with recruitment activities throughout the year across the country and on campus</p> | <ul style="list-style-type: none"> • External Relations | Annually |
| <p>Continue to work closely with international colleagues and partners to promote Gaelic- related academic opportunities in Glasgow, to share our knowledge and research with international audiences through conferences, publications and collaborations, and to maintain our academic and informal exchange opportunities for Gaelic students in Galway and University College Dublin respectively</p> | <p>We will maintain our established partnership with University College Dublin through the delivery of:</p> <ul style="list-style-type: none"> • An annual student exchange between Taigh na Gàidhlig (UofG) and Teach na Gaeilge (UCD) • Biennial Conference for Language Development Practitioners working in Higher Education in Scotland, Ireland and Wales | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | <p>We will continue to promote the existing Erasmus link with NUI Galway to UofG students</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Annually |
| | <p>Explore the possibility of developing further student exchange links with international institutions offering strong Gaelic studies programmes and with particular attention to opportunities in Canada</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 2 & 3 |



**THA E A'
FAIREACHDINN
NÀDARRA A BHITH
A' FUIREACH ANN AN
ALBA AGUS A BHITH
BEÒ TRON DÀ CHUID
GÀIDHLIG AGUS
BEURLA.**

Joe Sanders

Joe Sanders

Oileanach Student

Ann an Oilthigh Ghlaschu, chan eil Gàidhlig air a cuibhreachadh don chlasrum a-mhàin. Is i an cànan as trice a chluinnear ann an trannsaichean Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig agus tha i na pàirt nàdarra den bheatha làitheil aig oileanaich agus òraidichean. Tha an àrainneachd seo ga beathachadh tro sheiseanan còmhraidh agus tro thachartasan eile leithid cèilidhean is gigeachan am measg mòran eile a bhios a' gabhail àite air a' champas tron bhliadhna. Thogadh mi sna Crìochan agus tha a bhith a' cur eòlas air Gàidhlig ann an àrainneachd nàdarra cudromach dhomh, seach nach do chuir mi seachad tìde sam bith roimhe ann an coimhearsnachdan Gàidhlig thraidiseanta. Dhaingnich an àrainneachd Ghàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu dhomh gun urrainn, agus gum bu chòir, a' Ghàidhlig a cleachdadh mar chànan beò coimhearsnachd. Tha mi dìreach air ceumnachadh bho Oilthigh Ghlaschu le MA ann an Gàidhlig. Tha mi air a dhol bho neach-labhairt Beurla a-mhàin gu bhith fileanta ann an Gàidhlig thar beagan bhliadhnaichean goirid agus tha seo air leantainn gu àireamh mhòr de chothroman air leth dhomh. Tha mi a' libhrigeadh program rèidio air BBC Radio nan Gàidheal gach mìos agus chaidh sgoilearachd a bhuileachadh orm gus cùrsa iar-cheuma ann am Foillseachadh Gàidhlig a choileanadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

Tha taic leantainneach an Oilthighe don Ghàidhlig a' taisbeanadh gu bheil i na pàirt chudromach de chultar na h-Alba agus gu bheil i fhathast glè bheò. Leis a leithid sin de ruigsinneachd chruinneil, tha an t-Oilthigh ann an suidheachadh gun choimeas airson cultar na Gàidhlig a mhòr-thaisbeanadh air feadh an t-saoghail, agus tha mi a' cur fàilte air a' chothrom a bhith mar phàirt dhe sin agus mi dìreach air tilleadh bho bhith a' riochdachadh an Oilthighe aig co-labhairt eadar-nàiseanta mu mhion-chànanan ann am Bilbao ann an Dùthaich nam Basgach san Spàinn.

Tha a' Ghàidhlig air a thighinn gu bhith na pàirt mhòr de cò mi. Fiù ged nach eil eachdraidh sam bith a thaobh Gàidhlig san teaghlach agam agus cha chanainn gur e Gàidheal a th' annam, tha an cànan a' faireachdainn cudromach a thaobh cò mi a-nis. Tha mi air a dhol air adhart gam bhogadh fhìn ann an cultar Gàidhealach an seo ann an Glaschu agus air feadh na dùthcha agus tha mi an-còmhnaidh air mo nochdadh don Ghàidhlig ann an còmhraidhean le luchd-labhairt eile, le bhith ga leughadh ann an leabhraichean agus ga cluinntinn air an rèidio. Tha e a' faireachdainn nàdarra a bhith a' fuireach ann an Alba agus a bhith beò tron dà chuid Gàidhlig agus Beurla.

At the University of Glasgow, Gaelic is not confined to the classroom. It is the language most often heard in the corridors of the Celtic and Gaelic subject area and is a normal part of everyday life for students and lecturers. This environment is nurtured by conversation sessions and other events such as ceilidhs and gigs amongst many others, which take place on campus throughout the year. I grew up in the Borders and experiencing Gaelic in a natural environment was important for me having not previously spent any time in traditional Gaelic speaking communities. The Gaelic environment at Glasgow verified for me that Gaelic can be, and should be, used as the living language of a community. I have just graduated from the University of Glasgow with an MA in Gaelic. I have gone from being a monolingual speaker of English to a fluent speaker of Gaelic in a few short years and this has led to a great number of unique opportunities. I present a radio programme on BBC Radio nan Gàidheal every month and have been awarded a scholarship to study a postgraduate course in Gaelic Publishing later this year.

The University's ongoing support for Gaelic demonstrates that it's an important part of Scottish culture that is still very much alive. With such a global reach, the University is in a unique position to showcase Gaelic culture worldwide and I have welcomed the opportunity to be a part of that having just returned from representing the University at an international conference on minority languages in Bilbao in the Basque Country, Spain.

Gaelic has become a big part of who I am. Even though there's no history of Gaelic in my family and I probably wouldn't call myself a Gael, the language still feels important to who I am today. I have gone on to immerse myself in highland culture both in Glasgow and across Scotland and I am constantly exposed to Gaelic in conversations with other speakers, by reading it in books and hearing it on the radio. It feels natural to live in Scotland and exist through both Gaelic and English.

Àite Place

Cuirm-chiùil le seinneadair Gàidhlig, Ellen NicDhòmhnaill. Tachartas sòisealta do dh'oileanaich. Am Faoilleach 2017.

Concert with Gaelic singer, Ellen MacDonald. A social event for students. January 2017.



Àite: Amasan Àrd-ìreil

| | Adhartachadh Gàidhlig | Ionnsachadh Gàidhlig | Cleachdadh Gàidhlig |
|--|---|---|---------------------|
| <p>Àrainneachd aig ìre chruinneil a chruthachadh airson ionnsachadh agus rannsachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Campas brosnachail agus cruth-atharrachail a leasachadh • Ar poileasaidhean, pròiseasan agus siostaman a dhèanamh nas èifeachdaiche • An taic as fheàrr a thoirt do luchd-obrach agus oileanaich | <p>Poileasaidh aontachadh gus sanasan dà-chànanach a leudachadh ceum air cheum ann am prìomh raointean poblach, a' gabhail a-steach togalaichean ùra ann am pròiseact Leasachaidhean Oighreachd a' Champais</p> | | |
| | | <p>Gealltanais fhaotainn air àrainneachd a leasachadh a tha a' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann am planaichean airson togalach ùr Colaiste nan Ealain</p> | |
| | <p>Bidh susbaint Ghàidhlig air làrach-lìn an Oilthighe a' leudachadh ceum air cheum tro bheatha a' phlana seo</p> | | |
| | <p>Bidh cleachdadh air suai-cheantas Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu agus an tionndadh dà-chànanach ga mheudachadh ceum air cheum tro bheatha a' phlana seo</p> | | |
| | <p>Thèid dealasan Gàidhlig a ghabhail a-steach do phoileasaidhean buntainneach air feadh an Oilthighe, tro bheatha a' phlana seo</p> | | |
| | <p>Thèid cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh gu neo-fhoirmeil a chumail suas a bharrachdair cothroman a dhol an sàs ann an cànan is cultar na Gàidhlig tro thachartasan togail-mothachaidh fiosrachail do luchd-obrach agus oileanaich</p> | | |

Place: High Level Aims

| | Promoting Gaelic | Learning Gaelic | Using Gaelic | |
|--|---|--|--------------|--|
| <p>Create a world-class environment for learning and research</p> <ul style="list-style-type: none"> • Develop an inspiring and transformative campus • Streamline our policies, processes and systems • Provide staff and students with first-class support | <p>Agree a policy to increase bilingual signage incrementally in key public areas including new buildings in the Campus Estate Developments project</p> | | | |
| | | <p>Secure a commitment to developing an environment which supports the use of Gaelic in plans for the new College of Arts building</p> | | |
| | <p>Gaelic content on the University website will increase incrementally throughout the life of this plan</p> | | | |
| | <p>The use of the UofG Gaelic logo and bilingual version will be increased incrementally throughout the life of this plan</p> | | | |
| | <p>Gaelic commitments will be incorporated into relevant policies across the University, during the life of the plan</p> | | | |
| | <p>Maintain opportunities to learn Gaelic informally and to engage with Gaelic language and culture through informative awareness-raising events for staff and students</p> | | | |

Àite: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleastanais | Raon-Ama |
|--|--|---|---------------|
| Poileasaidh aontachadh gus sanasan dà-chànanach a leudachadh ceum air cheum ann am prìomh raointean poblach, a' gabhail a-steach togalaichean ùra ann am pròiseact Leasachaidhean Oighreachd a' Champais | Moladh air aontachadh a tha a' comharrachadh prìomh raointean poblach san Oilthigh, far am bi sanasan dà-chànanach rim faicinn taobh a-staigh beatha a' phlana seo agus le aire shònraichte air togalaichean ùra | <ul style="list-style-type: none"> Oighreachdan is Seirbheisean Coimearsalta Colaiste nan Ealain UofG Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| Gealltanais fhaotainn air àrainneachd a leasachadh a tha a' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann am planaichean airson togalach ùr Cholaiste nan Ealain | Tro libhrigeadh air bùth-obrach mu Leasachadh is Cleachdadh Cànan, bheir sinn comhairle agus fiosrachadh don Bhòrd Leasachadh Pròiseict airson togalach ùr Cholaiste nan Ealain, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh is leasachadh na Gàidhlig ga bheachdachadh agus air a ghabhail a-steach do na planaichean obrachaidh, mus cuirear crìoch air Ìre 1 ann an 2022 | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig Colaiste nan Ealain Oighreachdan is Seirbheisean Coimearsalta | Bliadhna 1 |
| | Rè beatha a' phlana seo, thèid dreach tairgse aontachadh airson cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an togalach ùr Cholaiste nan Ealain, ann an co-theacsaichean teagaisg, an t-àite-obrach, suidheachaidhean poblach agus suidheachaidhean neo-fhoirmeil | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig Colaiste nan Ealain Oighreachdan is Seirbheisean Coimearsalta | Bliadhna 3 |
| Thèid cleachdadh air suaicheantas Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu agus an tionndadh dà-chànanach a mheudachadh ceum air cheum tro bheatha a' phlana seo | Cruthaichidh sinn tionndadh Gàidhlig de dh'iomairt prìomh bharrannd an Oilthighe | <ul style="list-style-type: none"> Dàimhean air an Taobh A-muigh UofG Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| | Thèid suaicheantas Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu no an tionndadh dà-chànanach a chleachdadh ann an àbhaist le Ceiltis & Gàidhlig anns a h-uile suidheachadh | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis & Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Thèid suaicheantas Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu no an tionndadh dà-chànanach a chleachdadh ann an àbhaist le UofG Gàidhlig anns a h-uile suidheachadh | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Thèid suaicheantas Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu no an tionndadh dà-chànanach a chleachdadh le Sgoil nan Daonnachdan anns a h-uile suidheachadh co-cheangailte ri Ceiltis & Gàidhlig | <ul style="list-style-type: none"> SofH / SnanD | Gach bliadhna |

¹¹
Is e làrach-lìn Oilthigh Bangor a th' ann an Cymorth Cymraeg a tha a' cur taic ri cleachdadh Cuimris san àite-obrach.

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleastanaid | Raon-Ama |
|--|--|--|-----------------|
| Thèid susbaint Ghàidhlig air làrach-lìn an Oilthighe a' leudachadh ceum air cheum tro bheatha a' phlana seo | Comharraichidh sinn raointean iomchaidh de làrach-lìn an Oilthighe far am faod susbaint Ghàidhlig a chur an aithne agus a mheudachadh. Thèid bun-loidhne a stèidheachadh ann an 2018 agus bidh an ìre de Ghàidhlig air fhaicinn gu bhith a' meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig Luchd-ùidhe buntainneach | Gach bliadhna |
| | Bidh duilleagan-lìn na Ceiltis is na Gàidhlig gu tur dà-chànanach ro dheireadh bliadhna 2 den Phlana Ghàidhlig seo agus air an cumail suas da rèir | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis & Gàidhlig | Bliadhna 2 |
| | Meudaichidh sinn stòrasan Gàidhlig air duilleagan-lìn Gàidhlig UofG, a tha a' cur taic ri agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, a' tarraing air eisimpleirean leithid " <i>Cymorth Cymraeg</i> " ¹¹ | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Bliadhna 2 is 3 |
| Thèid cothroman gu Gàidhlig ionnsachadh gu neo-fhoirmeil a chumail suas a bharrachd air cothroman a dhol an sàs ann an cànan is cultar na Gàidhlig tro thachartasan togail-mothachaidh fiosrachail do luchd-obrach agus oileanaich | Bidh clasaichean Gàidhlig (luchd-tòiseachaidh) an-asgaidh rim faotainn le luchd-obrach gach bliadhna. | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Thèid tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air cùrsa mothachaidh a thaobh soidhnichean dà-chànanach, gus fiosrachadh a ghabhail a-steach mu raon nas fharsainge de chuspairean co-cheangailte ri Gàidhlig, leithid: <ul style="list-style-type: none"> co-theacsa eachdraidheil na Gàidhlig co-theacsa an latha an-diugh a thaobh leasachadh Gàidhlig ann an Alba, a' gabhail a-steach reachdas leasachadh Gàidhlig ann an Glaschu ainmean-àite ann an Glaschu cothroman Gàidhlig san Oilthigh fuaimneachadh air soidhnichean dà-chànanach mu thimcheall campas an Oilthighe abairtean bunasach Gàidhlig airson post-d agus còmhraidh Bidh an trèanadh cuideachd a' toirt cothrom air fiosrachadh a sgaoileadh mu thachartasan is ghnìomhan a tha a' taisbeanadh na coimhearsnachd Ghàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| | Bidh cothrom aig luchd-obrach agus oileanaich cùrsa mothachaidh a fhrithealadh co-dhiù dà uair sa bhliadhna | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Leanaidh sinn air adhart a' toirt aogheachd do sheiseanan còmhraidh Gàidhlig gach seachdain tron teirm teagaisg, an dà chuid do luchd-obrach agus oileanaich | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Obraichidh sinn gu dlùth le aon neach-ionnsachaidh Gàidhlig am measg an luchd-obrach againn, gus an eòlas ionnsachaidh a thaisbeanadh agus adhartachadh air-loidhne no tro bhidiothan san ùine ullachaidh ron Mhòd Nàiseanta an Glaschu ann an 2019 | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig Oifis Chonaltraidhean is Chùisean Poblach | Bliadhna 1 is 2 |

Place: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Responsible Area | Timescale |
|--|---|---|-----------|
| Agree a policy to increase bilingual signage incrementally in key public areas including new buildings in the Campus Estate Developments project | Proposal agreed which identifies key public areas of the University where bilingual signage will be visible within the lifetime of this plan and with particular attention to new buildings | <ul style="list-style-type: none"> Estates & Commercial Services College of Arts UofG Gàidhlig | Year 1 |
| Secure a commitment to developing an environment which supports the use of Gaelic in plans for the new College of Arts building | Through the delivery of a workshop on Language Use & Development, we will advise and inform the Project Development Board for the new College of Arts Building, to ensure that Gaelic usage and development are considered and incorporated into operational plans ahead of the completion of Phase 1 in 2022 | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig College of Arts Estates & Commercial Services | Year 1 |
| | During the life of this plan a draft proposal will be agreed for the use of Gaelic in the new College of Arts building in the contexts of: teaching, the workplace, public settings, signage and informal settings | <ul style="list-style-type: none"> Estates & Commercial Services College of Arts UofG Gàidhlig | Year 3 |
| The use of the UofG Gaelic logo and bilingual version will be increased incrementally throughout the life of this plan | We will create a Gaelic version of the University's primary brand campaign | <ul style="list-style-type: none"> External Relations UofG Gàidhlig | Year 1 |
| | The UofG Gaelic logo or bilingual version will be used as standard by Celtic & Gaelic in all situations | <ul style="list-style-type: none"> Celtic & Gaelic | Annually |
| | The UofG Gaelic logo or bilingual version will be used as standard by UofG Gàidhlig in all situations | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Annually |
| | The UofG Gaelic logo or bilingual version will be used by the School of Humanities / Sgoil nan Daonnachdan in all situations that relate to Celtic & Gaelic | <ul style="list-style-type: none"> SofH / SnanD | Annually |
| Gaelic commitments will be incorporated into relevant policies across the University during the life of the plan | In the final year of this plan we will reflect upon key policies across the institution which have been impacted by the UofG Gaelic Language Plan and prepare an impact assessment to identify opportunities for Gaelic commitments to be cross-referenced across both our Gaelic Language Plan and other relevant activities | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Year 3 |

¹¹
Cymorth Cymraeg is a Bangor University website which supports the use of Welsh in the workplace.

Place: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Responsible Area | Timescale |
|--|---|---|------------|
| Gaelic content on the University website will increase incrementally throughout the life of this plan | We will identify appropriate areas of the University's website where Gaelic content can be introduced or increased. A baseline will be established in 2018 and the level of Gaelic usage will be shown to increase year on year | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Relevant stakeholders | Annually |
| | The Celtic & Gaelic web pages will be fully bilingual by the end of year 2 of this Gaelic Plan and maintained accordingly | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 2 |
| | We will increase Gaelic resources on the UofG Gàidhlig webpages that support and encourage the use of Gaelic in the workplace drawing on examples such as "Cymorth Cymraeg" ¹¹ | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Year 2 & 3 |
| Maintain opportunities to learn Gaelic informally and to engage with Gaelic language and culture through informative awareness raising events for staff and students | Free (beginners) Gaelic classes will be available to staff annually | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | The UofG Gaelic awareness course on bilingual signage will be developed further to include information on a broader range of Gaelic-related topics including: <ul style="list-style-type: none"> • the historical context of Gaelic • the present day context of Gaelic development in Scotland including legislation • Gaelic development in Glasgow • Glasgow place-names • Gaelic opportunities at the University • pronunciation of bilingual signage around the University campus • basic Gaelic phrases for email and conversation The training will also provide an opportunity to distribute information on events and activity that showcase the Gaelic community at UofG | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Year 1 |
| | Staff and students will have the opportunity at least twice annually to attend the UofG Gaelic awareness course | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | We will continue to host weekly Gaelic conversation sessions during teaching terms for both staff and students | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | We will work closely with one Gaelic learner amongst our staff to showcase and promote their learning experience via online and video diaries in the run up to and during the National Mòd in Glasgow 2019 | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Communications and Public Affairs Office | Year 1 & 2 |

**THA E DOIRBH A
CHUR ANN AM
BRIATHRAN DÌREACH
NA THA E A'
CIALLACHADH**

Caitrìona NicÌosaig



Caitrìona NicÌosaig

Leas-Stiùiriche, Conaltradh Oileanaich Seirbheisean Fiosrachaidh

Tha mi air leth pròiseil a bhith nam neach-labhairt Gàidhlig, agus a' fàs suas ann an Àird nam Murchan bhithinn a' labhairt Gàidhlig ri mo shean-phàrantan. An-diugh ann an Glaschu, tha mi fortanach a bhith cuairtichte le caraidean is teaghlach aig a bheil Gàidhlig agus is e prìomh chànan na dachaigh agam còmhla rim dhithis chloinne òga. Nam bheachd-sa, 's e an nì as cudromaiche do chànan sam bith gu bheil e beò agus air a chleachdadh gu nàdarra sa choimhearsnachd agus tha mi a' faireachdainn gu làidir gu bheil mi nam phàirt den sin ann an Glaschu – Baile Mòr nan Gàidheal!

Tha mi moiteil a bhith ag obair ann an Oilthigh Ghlaschu agus tha e doirbh a chur ann am briathran dìreach na tha e a' ciallachadh dhomh an cothrom a bhith agam Gàidhlig a chleachdadh air a' champas. Tha e a' toirt a leithid de thoileachas dhomh a bhith a' cluinntinn Gàidhlig ga labhairt timcheall orm agus a' coinneachadh ri daoine tarsainn na buidhne leis a bheil fios agam gum faod mi Gàidhlig a chleachdadh.

Tha comas agus cothrom mòr aig buidhnean mar Oilthigh Ghlaschu taic a chur ri luchd-labhairt na Gàidhlig chan ann a-mhàin air a' champas ach cuideachd sa choimhearsnachd mun cuairt, a thuilleadh air cothrom buaidh a thoirt air mar a tha cànan is cultar na Gàidhlig gam faicinn chan ann dìreach ann an Alba ach gu h-eadar-nàiseanta cuideachd.

Bha mi nam oileanach mi fhìn an seo sna 90an agus tha eadar-dhealachadh mòr san dòigh a tha Gàidhlig faicsinneach san Oilthigh agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh. Air ais aig an àm sin, b' ann glè ainneamh a chluinneadh tu Gàidhlig ga labhairt taobh a-muigh suidheachadh traidiseanta seòmar nan òraidean agus ged a tha mòran ri dhèanamh fhathast airson mothachadh is inbhe don Ghàidhlig a mheudachadh san fharsaingeachd, tha mi air leth toilichte gu bheil uimhir de dh' adhartas ga dhèanamh.

Catriona MacIsaac

Assistant Director, Student Engagement Information Services

It gives me a great sense of pride to be a Gaelic speaker and growing up in Ardnamurchan, I spoke Gaelic with my grandparents. Today in Glasgow, I am fortunate to be surrounded by friends and family who speak Gaelic and it's the main language of my household with my two young children. The most important thing for any language in my view, is that it's alive and used naturally in the community and I feel very much part of that in Glasgow – the City of the Gaels / Baile Mòr nan Gàidheal!

I am very proud to work at the University of Glasgow and it's difficult to put into words just how much it means to me to have the opportunity to use Gaelic here on the campus. It gives me such a great deal of joy to hear Gaelic being spoken around me and to meet people from across the organisation with whom I know I can use Gaelic.

Organisations like the University of Glasgow have such a great capacity and opportunity to support Gaelic speakers not only on the campus but also in the surrounding community as well as, an opportunity to influence how Gaelic language and culture is perceived not only Scotland but internationally too.

I was a student myself here in the 90s and there has been a notable change in how visible Gaelic is at the University and how much it is used. Back then it was extremely rare to hear Gaelic spoken beyond the traditional setting of the lecture theatre and while there is still much to be done to increase the awareness and status of Gaelic generally, I am delighted that such progress is being made.

Adhbhar Purpose

Fèis Litreachas ann an co-bhonn le Comhairle nan Leabhraichean 2017. Cuir air bhog, 'A' togail an t-Srùbain' le Calum L. MacLeòid.

Gaelic Literature Festival in collaboration with the Gaelic Books Council 2017. Launch of the novel, 'A' togail an t-Srùbain' by Calum L. MacLeod.



Adhbhar: Amasan Àrd-ìreil

| | Adhartachadh Gàidhlig | Ionnsachadh Gàidhlig | Cleachdadh Gàidhlig |
|---|---|--|---------------------|
| <p>Eeòlas a lorg agus roinn as urrainn an saoghal atharrachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ionnsachadh a bhrosnachadh le teagasg air leth • Stiùir foillseachadh tro rannsachadh aig ìre chruinneil • Buaidh a chruthachadh don cho-chomann agus an eaconamaidh tro chom-pàirteachadh ùr-ghnàthach | <p>Leudachadh an raoin de chùrsaichean a tha air an tairgsinn gus cùrsaichean a ghabhail a-steach air eachdraidh na Gàidhealtachd agus gus an raon de chùrsaichean a leudachadh anns a bheil a' Ghàidhlig, a litreachas, eachdraidh agus cultar a' nochdadh tro iomairtean ùra leithid sgoiltean samhraidh eadar-chuspaireil agus cùrsaichean air-loidhne tro Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis</p> | | |
| | | <p>Rannsaichidh sinn agus bheir sinn air adhart mar a bhios iomchaidh molaidhean a chaidh a dhèanamh anns an sgrùdadh a bha maoinichte le UofG, '<i>Iartas airson cùrsa bogaidh aon-bhliadhna amalaichte Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu</i>,' agus dèiligidh sinn gu h-iomchaidh leis an fheum air cothroman bogaidh taobh a-staigh ar prògraman ceum Gàidhlig</p> | |
| | <p>Leantainn air adhart a' leasachadh ar suidheachaidh mar stiùiriche ann an rannsachadh air cànan, litreachas, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig agus an rannsachadh seo a roinn fad' is farsaing, m.e. leasachadh frèam-obrach stèidhichte air rannsachadh a thaobh comasachd luchd-ionnsachaidh inbheach sa Ghàidhlig, agus tòiseachadh air pròiseactan ùra is àrd-amasach, m.e. tro Bhuidheann Rannsachaidh Eilean Idhe Ghlaschu agus pròiseact cruinneachaidh sgrìobhainnean MhicLagain</p> | | |
| | <p>Tro DASG agus a leasachadh, leantainn air adhart a' solarachadh ceannardas ann an rannsachadh agus iomlaid eòlais ann an raon planaich corpas na Gàidhlig, a' toirt buaidh air poileasaidh agus cleachdadh nàiseanta</p> | | |
| | <p>Leantainn air adhart a' solarachadh chothroman tarraingeach is ùr-ghnàthach do dh'oileanaich gus a dhol an sàs ann an cleachdadh cànan is cultar na Gàidhlig seachad air an àrainneachd teagaisg fhoirmeil, a neartaicheas feartan is comasan cosnaidh nan ceumnaichean</p> | | |
| | <p>Leantainn air adhart le ar dealas a thaobh follaiseachd a thoirt don Ghàidhlig nar cleachdadh air meadhanan sòisealta, a' gabhail a-steach dòighean ùra a lorg air seo a leasachadh, (m.e. com-pàirteachadh le oileanaich)</p> | | |

Purpose: High Level Aims

| | Promoting Gaelic | Learning Gaelic | Using Gaelic |
|---|--|---|--------------|
| <p>Discover and share knowledge that can change the world</p> <ul style="list-style-type: none"> • Inspire learning with outstanding teaching • Lead discovery through world-class research • Create impact for society and the economy through innovative engagement | <p>Extend the range of courses offered to include courses on the history of the Highlands and to extend the range of courses in which the Gaelic language, its literature, history and culture feature through new initiatives such as interdisciplinary summer schools and online courses through the Centre for Scottish and Celtic Studies</p> | | |
| | | <p>We will investigate and take forward as appropriate, recommendations made in the UofG funded study, '<i>Demand for an integrated one-year Gaelic language immersion experience at the University of Glasgow</i>,' and appropriately address the need for immersion opportunities within our Gaelic degree programmes</p> | |
| | <p>To continue to develop our position as a leader in research on Gaelic language, literature, history and culture and to share this research widely, e.g. developing a research-based framework for Gaelic adult / learner proficiency and to embark on new and ambitious projects, e.g. through the Glasgow Iona Research Group and the project on the McLagan manuscript collection</p> | | |
| | <p>Through DASG and its development, to continue to provide leadership in research and knowledge exchange in the area of Gaelic language corpus planning, influencing national policy and practice</p> | | |
| | <p>Continue to provide attractive and innovative opportunities for students to use and engage with Gaelic language and culture beyond the formal teaching environment which enhance graduate attributes and employability</p> | | |
| | <p>Continue our commitment to giving prominence to Gaelic in our use of social media, including finding new ways of developing this (e.g. student involvement)</p> | | |

Adhbhar: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleasanais | Raon-Ama |
|--|---|---|---------------|
| <p>An raon de chùrsaichean a leudachadh a tha air an tairgsinn, gus cùrsaichean a ghabhail a-steach air eachdraidh na Gàidhealtachd agus an raon de chùrsaichean a leudachadh anns a bheil a' Ghàidhlig, a litreachas, eachdraidh agus cultar a' nochdadh tro iomairtean ùra leithid sgoiltean samhraidh eadar-chuspaireil agus cùrsaichean air-loidhne, tro Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis</p> | <p>Cumaidh sinn sùil air ùidh agus gabhail ri sreath ùr de chùrsaichean co-cheangailte ri Gàidhlig air an tairgsinn tarsainn raon de chuspairean, a' gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Seinn sa Ghàidhlig • Beul-Aithris Ghàidhlig na h-Alba • Guth nan Eilthireach: Litreachas Ghàidhlig san t-Saoghal Ùr • Gàidhlig aig ìre Adhartach • Gàidhlig ann an Alba: Eachdraidh Cànan, 1400–1914 • Planntachas is Sìobhaltachd ann an Innse Gall agus Uladh, c1541–1639 | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • Eachdraidh • Ceòl | Gach bliadhna |
| | <p>Tha na roinnean Arc-eòlais, Ceiltis is Gàidhlig, Eachdraidh na h-Alba agus Litreachas na h-Alba, a' toirt cùrsa air-loidhne gu buil mu na Cinnidhean Gàidhealach a thèid fhoillseachadh air an àrd-ùrlar foghlaim, FutureLearn, aig toiseach 2019.¹² Còmhdaichidh an cùrsa taobhan cudromach de chultar na Gàidhlig a' gabhail a-steach cànan na Gàidhlig ann an co-chomann is cultar siostam nan cinnidhean, air a rannsachadh tro bhàrdachd, ceòl, cruth-ealain cràbhach, agus beachdan air dàimh is cruth-tìre. Tha an cùrsa ag amas air raon coitcheann de luchd-ionnsachaidh agus bidh e ri fhaotainn san RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Thathar a' sùileachadh dha doimhneachd ealantais Oilthigh Ghlaschu ann an Ceiltis, Gàidhlig agus eachdraidh na Gàidhealtachd a mhòr-thaisbeanadh, agus eòlas is tuigse do Ghàidhlig agus don cho-chomann Ghàidhlig a thogail am measg nam mìltean de luchd-ionnsachaidh ùr air feadh an t-saoghail</p> | <ul style="list-style-type: none"> • SofH / SnanD • Sgoil Eòlais Bhreithneachail | Bliadhna 2 |
| | <p>Leanaidh sinn air adhart ag obair gu dlùth le co-obraichean tarsainn Colaiste nan Ealan gus cothroman a bharrachd sam bith a chomharrachadh is adhartachadh, agus cùrsaichean co-cheangailte ri Gàidhlig a leudachadh taobh a-staigh Ceiltis is Gàidhlig agus/no tarsainn raointean cuspaireil buntainneach eile</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • Colaiste nan Ealain | Gach bliadhna |

¹²
 FutureLearn – Àrd-ùrlar ionnsachaidh air-loidhne a' tairgsinn taghadh eadar-mheasgte de chùrsaichean à prìomh oilthighean is aitreabhan cultarach bho air feadh an t-saoghail - futurelearn.com

Adhbhar: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleistanais | Raon-Ama |
|--|---|---|---------------|
| <p>Bheir sinn air adhart molaidhean a chaidh a dhèanamh anns an sgrùdadh a bha maoinichte le UofG, <i>'Iartas airson cùrsa bogaidh aon-bhliadhna amalaichte Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu,'</i> agus dèiligidh sinn gu h-ìomchaidh leis an fheum air cothroman bogaidh taobh a-staigh ar prògraman ceum Gàidhlig</p> | <p>Stèidhichte air molaidhean an sgrùdaidh, thèid structar airson bliadhna bogaidh air campas UofG a leasachadh agus thèid deasbad adhartachadh le luchd-maoineachaidh bhon taobh a-muigh mar a bhios ìomchaidh</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • UofG Gàidhlig • SofH / SnaD | Bliadhna 1 |
| | <p>Fhad 's a thathar a' rannsachadh cothrom air bliadhna bogaidh no a cho-leithid a chur air bhonn, bheir sinn aoigheachd do sgoil shamhraidh Ghàidhlig a-staigh air campas UofG an àite Sgoil Shamhraidh Nàiseanta na Gàidhlig agus an cothrom seo adhartachadh do dh'oileanaich air prògraman co-cheangailte ri Gàidhlig air feadh na dùthcha</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • SofH / SnaD | Gach bliadhna |
| <p>Leantainn air adhart a' leasachadh ar suidheachaidh mar stiùiriche ann an rannsachadh air cànan, litreachas, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig agus seo a roinn fad' is farsaing, m.e. leasachadh frèam-obrach stèidhichte air rannsachadh a thaobh comasachd luchd-ionnsachaidh inbheach sa Ghàidhlig, agus tòiseachadh air pròiseactan ùra is àrd-amasach, m.e. tro Bhuidheann Rannsachaidh Eilean Ithe Ghlaschu agus pròiseact cruinneachaidh sgrìobhainnean MhicLagain</p> | <p>Leantainn air tairgse shoirbheachail gu Comann Rìoghail Dhùn Èideann, bidh an Lionra eadar-nàiseanta 'Litreachas Gàidhlig ann an Soillseachadh na h-Alba: Stuth Oiseanach MhicLagain' air a leasachadh nas motha gus Cruinneachadh MhicLagain a rannsachadh taobh a-staigh cho-theacsaichean Daonnachdan Didseatach, Saoghal farsaing na Gàidhlig agus Soillseachadh na h-Alba, a' tighinn gu ceann ann an 2020 le tagradh maoineachaidh gu AHRC gus leantainneachd a' phròiseict a dhèanamh tèarainte</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 3 |
| | <p>Thèid sgrìobhainnean MhicLagain uile a dhìseachadh agus bidh iad rim faotainn an-asgaidh air-loidhne tro DASG</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 2 |
| | <p>Is e am pròiseact 'Comasan Labhairt ann an Gàidhlig' (CLAG) a' chiad fhrèam-obrach airson ionnsachadh cànan stèidhichte air fianais de a leithid ann an Alba, agus tha e stèidhichte air luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig. Co-obrachaidh CLAG le SQA gus am frèam-obrach seo a cheangal ri teisteanasan a th' ann cheana, agus leantainn air adhart ag obair le co-obraichean ann an Oilthigh Obar Dheathain gus a dhèanamh cinnteach gu bheil am frèam-obrach freagarrach do chùrsaichean Gàidhlig a thathar a' tairgsinn gu làithreach. Solaraidh sinn stiùireadh eòlach agus taic leantainneach bho phròiseact CLAG do LearnGaelic.scot a thaobh leasachadh agus taisbeanadh air an stòrasan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 1 |

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleasanais | Raon-Ama |
|--|---|---|---------------|
| | Bidh am frèam-obrach ri fhaotainn an-asgaidh air-loidhne bhon Mhàrt 2019 airson a chleachdadh leothasan a tha an sàs ann an teagasg inbhich agus leis an luchd-ionnsachaidh inbheach fhèin | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 2 |
| Tro DASG agus a leasachadh, leantainn air adhart a' solarachadh ceannardas ann an rannsachadh agus iomlaid eòlais ann an raon planaidh corpas na Gàidhlig, toirt buaidh air poileasaidh agus cleachdadh nàiseanta | Leanaidh DASG air adhart a' solarachadh taic teicnigeach is cànanach eòlach do dh'obair a' Chomataidh Comhairleachaidh Cànanais aig Bòrd na Gàidhlig, ann an co-obrachadh le co-obraichean Soillse air feadh Alba, taobh a-staigh frèam-obrach phròiseactan LEACAG (Leasachadh Corpas na Gàidhlig) agus na thig às a dhèidh | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Cuiridh DASG taic ri 'Faclair Òrain Ghàidhlig Alba Nuaidh' a tha molta ann an Oilthigh Cheap Breatainn, le bhith trèanadh a' chiad ghinealach de Chuidichean Corpais is Deasachaidh don phròiseact, agus a' ceadachadh dhaibh bun-structar corpais DASG a chleachdadh | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 3 |
| | Thèid an goireas ùr Cluas ri Claisneachd (tasglann fuaim) a chur air bhonn mar phàirt den leasachadh air DASG | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| Leantainn air adhart a' solarachadh cothroman tarraingeach is ùr-ghnàthach do dh'oileanaich gus a dhol an sàs ann an cleachdadh air cànan is cultar na Gàidhlig seachad air an àrainneachd teagaisg fhoirmeil, a neartaicheas feartan is comasan cosnaidh nan ceumnaichean | Leantainn air adhart a' lìbhrigeadh raon de thachartasan Gàidhlig tro na seimeastaran teagaisg, a' gabhail a-steach Latha na Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu a bhios a' neartachadh na coimhearsnachd Ghàidhlig air a' champas, a' ceadachadh cho-obrachaidhean le com-pàirtichean air an taobh a-muigh agus toirt cothrom air Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh suidheachaidhean acadaimigeach | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | Adhartaichidh sinn cothroman leasachaidh proifeiseanta is dreuchdail Gàidhlig tro na modhan-obrach a leanas: <ul style="list-style-type: none"> Aoigheachd do thachartas bliadhnail dhreuchdan air a' champas againn Fiosrachadh a chuirteachadh mu cothroman co-cheangailte ri dreuchdan tron stòras ùr MEGA¹³ taobh a-staigh Colaiste nan Ealain Obraichidh UofG Gàidhlig agus Seirbheis Dhreuchdan an Oilthighe gu dlùth gus cothroman ùra a chomharrachadh airson slighean dhreuchdan Gàidhlig agus cothroman cosnaidh a thaisbeanadh | <ul style="list-style-type: none"> UofG Gàidhlig Seirbheisean Oileanaich is Acadaimigeach | Gach bliadhna |

¹³ MEGA – Àrd-ùrlar Moodle a' solarachadh comhairle is fiosrachadh mu dhreuchdan a dh'aon ghnòthaich do dh'oileanaich ann an Colaiste nan Ealain

Adhbhar: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleastanais | Raon-Ama |
|---|--|---|---------------|
| Leantainn air adhart le ar dealas a thaobh follaiseachd a thoirt don Ghàidhlig nar cleachdadh air meadhanan sòisealta, a' gabhail a-steach dòighean ùra a lorg air seo a leasachadh, (m.e. com-pàirteachadh bho oileanaich) | Thèid ro-innleachd mheadhanan sòisealta don roinn chuspaireil Ceiltis & Gàidhlig a leasachadh a' coimhead ri 1) barrachd oileanaich a thoirt an lùib a' ghnìomh agus 2) feum a thoirt à comhairle bho Sgioba Mheadhanan Sòisealta UofG air na doighean as èifeachdaiche le meadhanan sòisealta | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • Conaltraidhean is Cùisean Poblach | Bliadhna 2 |
| | Thèid Tosgair Mheadhanan Sòisealta le Gàidhlig fhastadh gach bliadhna gus obrachadh còmhla ris an sgioba oileanaich mheadhanan sòisealta as fharsainghe, airson susbaint Ghàidhlig a chruthachadh agus deagh chleachdadh a roinn le Ceiltis agus Gàidhlig | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • Conaltraidhean is Cùisean Poblach • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |

Purpose: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Area | Timescale |
|---|---|---|-----------------|
| <p>Extend the range of courses offered to include courses on the history of the Highlands and to extend the range of courses in which the Gaelic language, its literature, history and culture feature through new initiatives such as interdisciplinary summer schools and online courses through the Centre for Scottish and Celtic Studies</p> | <p>We will monitor interest in and uptake of a new suite of Gaelic-related courses offered across a range of disciplines including:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Seinn sa Ghàidhlig Gaelic Song in Performance • Beul-Aithris Ghàidhlig na h-Alba The Folklore of Gaelic Scotland • Guth nan Eilthreach: Litreachas Gàidhlig san t-Saoghal Ùr • Gàidhlig aig ìre Adhartach • Gaelic in Scotland: The History of a Language 1400– 1914 • Plantation and Civility in the Hebrides and in Ulster c1541–1639 | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • History • Music | <p>Annually</p> |
| | <p>The Scottish and Celtic Studies areas of Archaeology, Celtic & Gaelic, Scottish History and Scottish Literature, are producing an online course on Highland Clans which will be launched on the educational platform, FutureLearn in early 2019.¹² The course will cover important aspects of Gaelic culture including Gaelic language in the society and culture of the clan system, explored through poetry, music, religious sculpture, and ideas of kinship and landscape. The course is aimed at a general audience of learners and will be accessible in the UK and internationally. It is intended to showcase the University of Glasgow's depth of expertise in Celtic, Gaelic and Highland history, and to raise knowledge and understanding of Gaelic and Gaelic society among thousands of new learners world-wide</p> | <ul style="list-style-type: none"> • SofH / SnanD • School of Critical Studies | <p>Year 2</p> |
| | <p>We will continue to work closely with colleagues across the College of Arts to identify and progress any additional opportunities to increase Gaelic-related courses within Celtic & Gaelic and or across other relevant subject areas</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • College of Arts | <p>Annually</p> |

¹² FutureLearn – Online learning platform offering a diverse selection of courses from leading universities & cultural institutions from around the world. futurelearn.com

Purpose: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Area | Timescale |
|--|--|---|-----------|
| <p>We will take forward recommendations made in the UofG-funded study, <i>'Demand for an integrated one-year Gaelic language immersion experience at the University of Glasgow,'</i> and appropriately address the need for immersion opportunities within our Gaelic degree programmes</p> | <p>Based on the recommendations of the study, a structure for an immersion year on the UofG campus will be developed and discussion with key external funders will be progressed as appropriate</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • UofG Gàidhlig • SofH / SnaD | Year 1 |
| | <p>While the opportunity to establish an immersion year or equivalent is being explored, we will host an in-house Gaelic summer school on the UofG campus to replace the National Gaelic Language Summer School and promote this opportunity to students on Gaelic-related programmes across the country</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • SofH / SnaD | Annually |
| <p>To continue to develop our position as a leader in research on Gaelic language, literature, history and culture and to share this research widely, e.g. developing a research-based framework for Gaelic adult / learner proficiency and to embark on new and ambitious projects, e.g. through the Glasgow Iona Research Group and the project on the McLagan manuscript collection</p> | <p>Following a successful bid to the Royal Society of Edinburgh, the international Network 'Gaelic Literature in Enlightenment Scotland: The McLagan Ossianic Material' will be developed further to explore the McLagan Collection within the contexts of Digital Humanities, the wider Gaelic World and the Scottish Enlightenment, culminating in 2020 with an application for AHRC funding to ensure the continuity of the project</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 3 |
| | <p>All McLagan Manuscripts will be digitised and made freely available online via DASG</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 2 |
| | <p>The 'Comasan Labhairt ann an Gàidhlig' project (CLAG) is the first evidence-based language-learning framework of its kind in Scotland and is based on adult learners of Gaelic. CLAG will collaborate with the SQA to link this framework to existing qualifications and continue to work with colleagues at the University of Aberdeen to ensure the framework is applicable to Gaelic courses currently on offer. We will provide ongoing expert guidance and support from the CLAG project to LearnGaelic.scot regarding the development and presentation of their resources</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 1 |
| | <p>The framework will be freely available online by March 2019 for use by those involved in teaching Gaelic to adults and adult learners themselves</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 2 |

| Action | Measure | Area | Timescale |
|--|---|--|-----------|
| Through DASG and its development, to continue to provide leadership in research and knowledge exchange in the area of Gaelic language corpus planning, influencing national policy and practice | DASG will continue to provide expert linguistic and technical support to the work of Bòrd na Gàidhlig's Comataidh Comhairleachaidh Cànanain, in collaboration with Soillse colleagues across Scotland, within the framework of the LEACAG (Leasachadh Corpas na Gàidhlig) projects and its successors | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Annually |
| | DASG will support the proposed 'Dictionary of Nova Scotia Gaelic Song', at Cape Breton University, by training the first generation of Corpus and Editorial Assistants for the project, and allow them to use the DASG corpus infrastructure | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 3 |
| | DASG will develop the "spoken" element of the corpus and will launch its new resource Cluas ri Claisneachd (Audio Archive) | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 1 |
| Continue to provide attractive and innovative opportunities for students to use and engage with Gaelic language and culture beyond the formal teaching environment which enhance graduate attributes and employability | Continue to deliver a range of Gaelic events during teaching semesters, including UofG Gaelic Language Day, which strengthen the Gaelic-speaking community on campus, allow for collaborations with external partners and provide opportunities for the use of Gaelic beyond academic settings | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | <p>We will promote Gaelic career and professional development opportunities through the following approaches:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Host an annual Gaelic careers event on our campus • Circulate information on Gaelic-related career opportunities via the new MEGA¹³ resource within the College of Arts • UofG Gàidhlig and the University Career Service will work closely to identify new opportunities to showcase Gaelic career paths and employment opportunities | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Student and Academic Services | Annually |
| | We will continue to offer Gaelic-speaking students with the opportunity to live in Taigh na Gàidhlig annually | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • Student and Academic Services | Annually |

¹³
MEGA - A Moodle platform specifically for students in the College of Arts providing careers advice and information

Purpose: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Area | Timescale |
|---|---|---|-----------|
| | We will seek to undertake a marketing campaign in schools to promote Taigh na Gàidhlig to prospective students emphasising the opportunity to study any academic subject while maintaining a meaningful link to Gaelic language and culture | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig • External Relations | Year 2 |
| Continue our commitment to giving prominence to Gaelic in our use of social media, including finding new ways of developing this (e.g. student involvement) | A social media strategy for the subject area of Celtic & Gaelic will be developed with a view to 1) involving more students in the activity and 2) to utilise advice from the UofG Social Media Team on the most effective approaches to social media | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • Communications & Public Affairs | Year 2 |
| | A Gaelic-speaking Social Media Ambassador will be appointed annually to work with the wider social media student team to create Gaelic content and share best practice with Celtic & Gaelic | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • Communications & Public Affairs • UofG Gàidhlig | Annually |

**IS FÌOR THOIL
LEAM AN CULTAR
A THA MU
THIMCHEALL A'
CHÀNAIN AIR A'
CHAMPAS**

Fionnlagh Cunniffe



Fionnlagh Cunniffe

Oileanach

Tha mi a' faireachdainn glè fhortanach gu bheil comas agam Gàidhlig a bhruithinn agus chaidh m' oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil nuair a bha mi ag èirigh suas ann an Dùn Èideann. Tha mi a-nis gam fhaighinn fhìn ag obair a dh'ionnsaigh BSc ann an Eòlas-bodhaige ann an Oilthigh Ghlaschu agus tha Gàidhlig a' fuireach na pàirt chudromaich dem dhearbha-aithne agus dem bheatha làitheil.

Tha mi nam bhall de Chomann Doctor Who agus cuideachd de chomann Gàidhlig an Oilthighe, An Comunn Oiseanach. Tha mi ag obair pàirt-thìde ann an Glaschu mar Stiùiriche Cluiche tro mheadhan na Gàidhlig ann an goireas Cùram Chloinne Às Dèidh Sgoile, agus aig deireadh gnothaich tha mi an dòchas mo sgilean agus m' eòlas air cànan agus saidheans a chothlamadh agus a chur an gnìomh ann an dreuchd-beatha ann am foghlam.

Tha mi air leth dèidheil air iomadachd na coimhearsnachd san Oilthigh agus tha mi a' cumail a' coinneachadh agus a' dèanamh charaidean fad-beatha le mòran daoine bho gach raon dem bheatha ann an Oilthigh Ghlaschu. Tha a bhith an lùib na coimhearsnachd Gàidhlig na pàirt mhòr den sin agus is fìor thoil leam an cultar a tha mu thimcheall a' chànain air a' champas.

Finlay Cunniffe

Student

I feel very lucky to be able to speak Gaelic and was educated through the medium of Gaelic in both primary and secondary school while growing up in Edinburgh. I now find myself working towards a BSc in Anatomy at the University of Glasgow and Gaelic remains an important part of my identity and everyday life.

I'm a member of the Doctor Who Society and also the University's Gaelic society, An Comunn Oiseanach. I work part-time in Glasgow as a Play Leader for a Gaelic-medium After School Child Care facility and eventually, I hope to combine my skills and experience in language and science and apply these to a career in education.

I love the diversity of the University community and continue to meet and make lifelong friends with so many people from all areas of my life at Glasgow. Being involved in the Gaelic community is a big part of that and I love the culture and activity that surrounds the language on campus.

Com-Pàirteachas Partnership

| Com-Pàirteachas: Amasan Àrd-ìreil | | | | |
|--|--|--|---------------------|--|
| Com-pàirteachasan brìgheil a leasachadh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh | Adhartachadh Gàidhlig | Ionnsachadh Gàidhlig | Cleachdadh Gàidhlig | |
| | <ul style="list-style-type: none"> Com-pàirteachasan stèidhichte air iomlaid fiosrachaidh agus taic do leasachadh agus fàs Com-pàirteachasan a tha nam buannachd don choimhearsnachd ionadail ann an Glaschu agus a' cur gu brìghmhor ri clàran-gnothaich nàiseanta is eadar-nàiseanta | Leasachadh chom-pàirteachasan a th' ann cheana agus leantainn air adhart a' comharrachadh chothroman com-pàirteachais ùra (a-staigh agus a-muigh) a tha a' toirt cead don chomas mheudaichte ann an leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach Soillse is Faclair na Gàidhlig agus aitreabhan ann an Èirinn agus Alba Nuadh | | |
| | Comharrachadh chothroman rannsachaidh, iomlaid eòlais, greis-gnìomhachais, cothroman leasachaidh calpa is eaconamach gu sònraichte don Ghàidhlig ann am baile Ghlaschu tro Mheòrachan Còrdaidh UofG agus Glaschu Beò (2017) | | | |

| Partnership: High Level Aims | | | | |
|---|--|---|--------------|--|
| Develop meaningful partnerships internally and externally | Promoting Gaelic | Learning Gaelic | Using Gaelic | |
| | <ul style="list-style-type: none"> Partnerships based on knowledge exchange and support for development and growth Partnerships that benefit the local community in Glasgow and make distinctive contributions to national and international agendas | Develop existing partnerships and continue to identify new partnership opportunities (internally and externally) that allow for the increased capacity for the development and promotion of Gaelic locally, nationally and internationally, including Soillse and Faclair na Gàidhlig and institutions in Ireland and Nova Scotia | | |
| | Identify research, knowledge exchange, placement, capital and economic development opportunities specifically for Gaelic in the city of Glasgow through the UofG and Glasgow Life Memorandum of Understanding (2017) | | | |

Com-Pàirteachas: Prìomh Chomharran Coileanaidh

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleastanais | Raon-Ama |
|--|--|--|---------------|
| <p>Leasachadh chom-pàirteachasan a th' ann a-cheana agus leantainn a' comharrachadh chothroman com-pàirteachais ùra (a-staigh agus a-muigh) a tha a' toirt cead don chomas mheudaichte ann an leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach Soillse is Faclair na Gàidhlig agus aitreabhan ann an Èirinn is Alba Nuadh</p> | <p>Cumaidh sinn suas ar làthaireachd agus ar tabhartas do bhuidhnean obrach agus pròiseactan cudromach air feadh na dùthcha, far am faod an t-Oilthigh tabhartasan luachmhor a chur ris, a' gabhail a-steach: Comann Theacsaidhean Gàidhlig na h-Alba, Faclair na Gàidhlig, Buidheann Stiùiridh Foghlam Gàidhlig Nàiseanta Bhòrd na Gàidhlig, LEACAG 2 is Soillse, Tràth-Litreachas Iomairt Chloinne na h-Alba (SELCIE), Léamh: pròiseact Dhaonnachdan Didseatach do Thràth-Ghaeilge Nuadh-aimsireil agus Bòrd Eòlas Ceiltis na h-Alba (BOCSS)</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis is Gàidhlig • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | <p>Cumaidh sinn suas ar com-pàirteachas stèidhichte le Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath tro libhrigeachd air:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Iomlaid oileanaich bhliadhnail eadar Taigh na Gàidhlig (UofG) agus Teach na Gaeilge (UCD) • Co-labhairt dà-bhliadhnail do Luchd-cleachdaidh Leasachadh Cànanain ag obair ann am Foghlam Àrd-Ìre ann an Alba, Èirinn agus sa Chumrigh | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| | <p>Mar phàirt de ar measadh sgilean is ùidhean Gàidhlig, bidh sinn a' sireadh mholaidhean ùidhe bho luchd-obrach air feadh an aitreibh, tro chom-pàirteachadh ann an lionra air an taobh a-staigh, a tha ag amas air cothroman leasachaidh ùra a chomharrachadh don Ghàidhlig ann an rannsachadh, solar acadaimigeach, gnìomhachd obrachaidh agus conaltradh coimhearsnachd</p> | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Bliadhna 2 |
| | <p>Ann an 2019, bidh an Hunterian a' toirt aoigheachd don taisbeanadh 'Bho Ghàidhealtachd gu Glaschu' agus a' cur seo air adhart fad' is farsaing air feadh a' bhaile 's air a thaobh a-muigh</p> | <ul style="list-style-type: none"> • An Hunterian | Bliadhna 2 |
| | <p>Cleachdaidh sinn 'Bho Ghàidhealtachd gu Glaschu' mar chothrom air eòlas luchd-tadhail san taigh-tasgaidh a rannsachadh, a' gabhail a-steach faicsinneachd na Gàidhlig ann an soidhnichean is stuthan adhartachaidh, leasachadh air stòrasan foghlaim do sgoiltean agus program gnìomhachd iomlaid eòlais</p> | <ul style="list-style-type: none"> • An Hunterian • Ceiltis is Gàidhlig • UofG Gàidhlig • Eachdraidh | Bliadhna 2 |

| Gnìomh | Tomhas | Raon Dleistanais | Raon-Ama |
|---|--|---|--------------------|
| | Cuiridh sinn buidheann obrach geàrr-amail air bhonn le luchd-ùidhe air an taobh a-staigh 's an taobh a-muigh, gus na cothroman air am mineachadh gu h-àrd a rannsachadh agus cothroman a chomharrachadh mar thaic do na leasachaidhean sin | <ul style="list-style-type: none"> An Hunterian UofG Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| | Obraichidh sinn le comataidh eagrachaidh ionadail Mòd Nàiseanta Ghlaschu gus an taisbeanadh 'Bho Ghàidhealtachd gu Glaschu' adhartachadh mar thachartas air froidhneas a' Mhòid 2019 | <ul style="list-style-type: none"> An Hunterian Ceiltis is Gàidhlig Eachdraidh | Bliadhna 2 |
| | Leanaidh sinn air adhart ag obair gu dlùth le prìomh luchd-ùidhe Gàidhlig air feadh baile Ghlaschu ann an libhrigeadh thachartasan co-obrachail, adhartachdh gnìomhachd Ghàidhlig agus roinn fiosrachadh is eòlas ann an leasachadh cànan | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig UofG Gàidhlig | Gach bliadhna |
| Comharrachadh chothroman rannsachaidh, iomlaid eòlais, greis-gnìomhachais, cothroman leasachaidh calpa is eaconamach gu sònraichte don Ghàidhlig ann am baile Ghlaschu tro Mheòrachan Còrdaidh UofG agus Glaschu Beò (2017) | Leanaidh sinn air adhart a' co-obrachadh le Glaschu Beò air pròiseact Glaschu Gàidhlig a bhios a' toradh ann an stòras ainmean-àite air-loidhne ron Mhàrt 2018 (ìre 1) ¹⁴ | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 1 |
| | Thèid tagraidhean maoineachaidh airson taic a chur ri ìrean 2 is 3 de phròiseact Glaschu Gàidhlig, a chur a-steach san Ògmhios 2018 a' coimhead ri iomlaid eòlais a bharrachd agus gnìomhachd conaltraidh (ìre 2 is 3) a libhrigeadh tro bheatha a' phlana seo | <ul style="list-style-type: none"> Ceiltis is Gàidhlig | Bliadhna 1, 2 is 3 |

14

Pròiseact Ghlaschu Gàidhlig – Iomairt cho-obrachail a tha ag amas air buaidh cànan is cultar na Gàidhlig air Baile Ghlaschu a rannsachadh, a chlàradh agus adhartachadh, an dà chuid san àm a dh'fhalbh agus san lath an-diugh.

- glaschu.net

Partnership: Key Performance Indicators

| Action | Measure | Area | Timescale |
|---|---|--|-----------|
| Develop existing partnerships and continue to identify new partnership opportunities (internally and externally) that allow for the increased capacity for the development and promotion of Gaelic locally, nationally and internationally, including Soillse and Faclair na Gàidhlig and institutions in Ireland and Nova Scotia | We will maintain our presence and contribution to important nation-wide working groups and projects where the University can make a valuable contribution including; the Scottish Gaelic Texts Society, Faclair na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig's National Gaelic Education Steering Group, LEACAG 2 & Soillse, Scotland's Early Literature for Children Initiative (SELCIE), Léamh: Digital Humanities project for Early Modern Irish and the Board of Celtic Studies Scotland (BOCSS) | <ul style="list-style-type: none"> • Ceiltis & Gàidhlig • UofG Gàidhlig | Annually |
| | We will maintain our established partnership with University College Dublin through the delivery of: <ul style="list-style-type: none"> • An annual student exchange between Taigh na Gàidhlig (UofG) and Teach na Gaeilge (UCD) • Biennial Conference for Language Develop Practitioners working in Higher Education in Scotland, Ireland and Wales | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Annually |
| | As part of our Gaelic skills and interests assessment, we will seek expressions of interest from staff across the institution in joining an internal network which aims to identify new development opportunities for Gaelic in research, academic provision, operational activity and community engagement | <ul style="list-style-type: none"> • UofG Gàidhlig | Year 2 |
| | In 2019, The Hunterian will host the exhibition; <i>'From Gàidhealtachd to Glaschu'</i> and promote this extensively across the city and beyond | <ul style="list-style-type: none"> • The Hunterian | Year 2 |
| | We will use <i>'From Gàidhealtachd to Glaschu'</i> as an opportunity to explore the Gaelic visitor experience in the museum including the visibility of Gaelic language in signage and promotional material, the development of educational resources for schools and a programme of knowledge exchange activity | <ul style="list-style-type: none"> • The Hunterian • Celtic & Gàidhlig • UofG Gàidhlig • History | Year 2 |
| | We will form a short-term working group of internal and external stakeholders to explore the opportunities outlined above and to identify opportunities to support these developments | <ul style="list-style-type: none"> • The Hunterian • UofG Gàidhlig | Year 1 |

| Action | Measure | Area | Timescale |
|--|---|--|---------------|
| | We will continue to work closely with key Gaelic stakeholders across the city of Glasgow in delivering collaborative events, promoting Gaelic activity and sharing knowledge and experiences in language development | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic • UofG Gàidhlig | Annually |
| Identify research, knowledge exchange, placement, capital and economic development opportunities specifically for Gaelic in the city of Glasgow through the UofG and Glasgow Life Memorandum of Understanding (2017) | We will continue to collaborate with Glasgow Life on the Glaschu Gàidhlig project which will result in an on-line place-names resource by March 2018 (phase 1) ¹⁴ | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 1 |
| | Funding applications to support phase 2 & 3 of the Glaschu Gàidhlig project will be submitted in June 2018 with a view to delivering additional knowledge exchange and engagement activity (phase 2&3) throughout the life of this plan | <ul style="list-style-type: none"> • Celtic & Gaelic | Year 1, 2 & 3 |

¹⁴
 Glaschu Gàidhlig Project – A collaborative initiative which aims to explore, record and promote the influence of Gaelic language and culture on the City of Glasgow both in the past and in the present day. - glaschu.net

Co-theacsa Nàiseanta National Context

Tha planadh agus poileasaidh Gàidhlig a-nis cumanta ann an Alba le barrachd air 50 ùghdarras poblach a' toirt phlanai-chean Gàidhlig gu buil fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Chaidh an t-Achd a thoirt a-steach le Pàrlamaid na h-Alba le taic thar-phàrtaidh, a' ceadachadh do bhuidheann nàiseanta, Bòrd na Gàidhlig, a bhith air a stèidheachadh le dleastanas airson Plana Gàidhlig Nàiseanta ullachadh agus le ùghdarras àithneadh do dh'ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh agus fhoillseachadh. Chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 – 23 fhoillseachadh sa Ghiblean 2018 an dèidh aonta bho mhinistearan.

Thaisbean cunntas-sluaigh 2011 gu bheil 57,600 neach-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus 29,500 neach eile aig nach eil Gàidhlig ach aig a bheil comas leughaidh, sgrìobhaidh agus Gàidhlig a thuigsinn.¹⁵ Nochd an cunntas-sluaigh meudachadh ann an luchd-labhairt na Gàidhlig aois 3–17, a tha gun teagamh sam bith mar thoradh air soirbheachadh agus iarrtas a tha a' sìor fhàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha prìomh amas aig a' Phlana Ghàidhlig Nàiseanta 2018 – 23 an àireamh de dhaoine a tha a' labhairt, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh còmhla ris an àireamh de shuidheachaidhean sa bheil i air a chleachdadh.

Gaelic language planning and policy is now commonplace in Scotland with over 50 public authorities implementing Gaelic Language Plans under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

The Act was passed by the Scottish Parliament with cross-party support and allowed for the establishment of a national body, Bòrd na Gàidhlig, which has responsibility for preparing a National Plan for Gaelic and the authority to require public authorities to prepare and publish Gaelic Language Plans. The National Plan for Gaelic 2018 – 23 was published in April 2018 following ministerial approval.

The 2011 census revealed there are 57,600 Gaelic speakers in Scotland and an additional 29,500 people who are not speakers, but have the ability to read, write or understand Gaelic.¹⁵ This census revealed an increase in Gaelic speakers aged 3–17, which is undoubtedly a result of the success of, and increasing demand for, Gaelic-medium education.

The most recent National Plan for Gaelic 2018 – 2023 has a primary aim to increase the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used.

Nochd an cunntas-sluaigh meudachadh ann an luchd-labhairt na Gàidhlig aois 3-17, a tha gun teagamh sam bith mar thoradh air soirbheachadh agus iarrtas a tha a' sìor fhàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

This census revealed an increase in Gaelic speakers aged 3-17, which is undoubtedly a result of the success of, and increasing demand for, Gaelic-medium education.

¹⁵ Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg Ghàidhlig (Pàirt 1) nrscotland.gov.uk

Scotland's Census 2011: Gaelic report (Part 1) nrscotland.gov.uk

Co-theacsa Ionadail

Local Context

Tha sinn fortanach a bhith stèidhichte ann an aon de na sgìrean as cudromaiche ann an Alba a thaobh leasachadh na Gàidhlig san latha an-diugh.

Tha Baile Ghlaschu na dhachaigh do suas ri 10,000 neach-labhairt Gàidhlig agus a' leantainn air adhart ag adhartachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le taic is dealas làidir bho Chomhairle Bhaile Ghlaschu. Mar a tha am baile a' gluasad a dhionnsaigh an treas sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh, tha sinn an-dràsta a' cur air dòigh tachartas bliadhnail do sgoilearan san àrd-sgoil ann an com-pàirteachas le sgoiltean ionadail eile, ag amas air cothrom a thoirt dhaibh eòlas a chur air an Oilthigh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha dàimhean obrach làidir againn le buidhnean air feadh a' bhaile a tha an sàs ann am buileachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha ar pròiseact calpa an Talla Cheilbhinn, mar eisimpleir, na cho-obrachadh gun choimeas eadar Oilthigh Ghlaschu, Comhairle Bhaile Ghlaschu, Glaschu Beò agus Leabharlannan Nàiseanta na h-Alba, agus le chèile tha sinn air Gàidhlig a dhèanamh faicsinneach san àite phoblach chudromach seo.

Tha ar com-pàirteachas le Glaschu Beò air a neartachadh barrachd le Meòmhrachan Còrdaidh ùr còig-bliadhna, a' cruthachadh cothrom calpachaidh air ar n-ùidh cho-roinnte ann an cultar, anns na h-ealain, foghlam, dualchas, rannsachadh agus leasachadh eaconamach. Tha seo air fhaicinn sna mìosan mu dheireadh tro ar taic do phròiseact Glaschu.net - clàradh clàradh air mar a tha Gàidhlig ann an Glaschu san latha an-diugh agus san àm a dh'fhalbh.

Tha Glaschu na dhachaigh do raon de bhuidhnean Gàidhlig ag obair tarsainn mòran roinnean, a' gabhail a-steach meadhanan, na h-ealain, leasachadh coimhearsnachd agus gach ìre de foghlam. Tha sinn ag obair le saidhbheas de speisealaich agus tha ar co-obrachaidhean le com-pàirtichean Gàidhlig sa bhaile a' toirt seachad cothrom air leth do ar luchd-obrach agus ar noileanaich gus eòlas a chur air coimhearsnachd shaidhbhir Ghàidhlig aig nach eil a leithid ri fhaighinn ann an suidheachadh bailteil.

Is e eileamaid chudromach a th' ann an conaltradh coimhearsnachd agus cruthachadh air farsaingeachd chatharra anns an leasachadh leantainneach air a' phrìomh champas againn, a leanas air aghaidh ag adhartachadh tro bheatha a' Phlana Ghàidhlig seo. Tha sinn air ar dealasan a mhìneachadh a thaobh mar a bheachdaicheas sinn air faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig sna togalaichean ùra againn gu buannachd luchd-obrach, oileanaich agus luchd-tadhaill agus do bheòthalachd a' chàinain san àm ri teachd.¹⁶

We are fortunate to be based in one of the most important areas of Scotland in relation to Gaelic development today.

The City of Glasgow is home to almost 10,000 Gaelic speakers and continues to pioneer Gaelic-medium education with strong support and commitment from Glasgow City Council. As the city moves towards the establishment of a third Gaelic school, we are currently developing an annual event for secondary pupils in partnership with local schools which aims to provide an opportunity to experience the University through the medium of Gaelic.

We have strong working relationships with organisations across the city involved in implementing Gaelic Language Plans. Our capital project at Kelvin Hall, for example, is a unique collaboration between the University of Glasgow, Glasgow City Council, Glasgow Life and the National Library of Scotland and, together, we have made Gaelic visible in this important public space.

Our partnership with Glasgow Life has been strengthened further with a new five-year Memorandum of Understanding, creating an opportunity to capitalise on our shared interest in culture, the arts, education, heritage, research and economic development. This has been realised in recent months through our contribution to the Glaschu.net project - an evolving record of Gaelic in Glasgow today and in the past.

Glasgow is home to a range of Gaelic organisations working across many sectors including media, the arts, community development and all levels of education. We work with a wealth of specialists and our collaborations with Gaelic partners in the city provide a unique opportunity for our staff and students to experience a rich and unique Gaelic community in an urban setting.

Community engagement and the creation of civic space is an important element in the ongoing development of our main campus which will continue to progress throughout the life of this Gaelic Plan. We have outlined in our commitments how we will consider the visibility and use of Gaelic in our new buildings for the benefit of staff, students and visitors and for the future vitality of the language.¹⁶


¹⁶

Campas Atharrachaidh Cruinneil
gla.ac.uk/campus

World-Changing Campus
gla.ac.uk/campus


Luchd-labhairt Gàidhlig 2011

Gaelic Speakers 2011



A rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
Cuilbh a rèir 97 gu 14,066
luchd-labhairt Gàidhlig

By Local Administrative Units, Level 1
Columns according to number of
Gaelic speakers 97 to 14,066



Le data bho NRS
© Còir copaidh is stòir-dàta a'
Chrùin 2015.
Le data bhon t-Suirbhidh Òrdanais
© Còir copaidh is stòir-dàta a'
Chrùin 2015.

Contains NRS data
© Crown copyright and database
right 2015.
Contains Ordnance Survey data
© Crown copyright and database
right 2015.


Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a'
cleachdadh QGIS 2.

Made by Bòrd na Gàidhlig 2015
using QGIS 2.

Foghlam tron Gàidhlig 2017–2018

Gaelic-Medium Education 2017–2018

| | | |
|---|-----------------------------|---|
| ● | Bun-sgoil le sruth FtG | Primary school with GME stream |
| ● | Bun-sgoil Ghàidhlig | GME primary school |
| ● | Bun-sgoil le sruth FtG | GME primary school with English stream |
| ◆ | Le sgoil-àraich FtG na cois | With associated GME nursery |
| • | An cois àrd-sgoile le FtG | Associated with secondary school with GME |
| ■ | Ùghdarras ionadail le FtG | Local Authority with GME provision |



Le data bho NRS
 © Còir copaidh is stòir-dàta a'
 Chrùn 2015.
 Le data bhon t-Suirbhidh Òrdanais
 © Còir copaidh is stòir-dàta a'
 Chrùn 2015.

Contains NRS data
 © Crown copyright and database
 right 2015.
 Contains Ordnance Survey data
 © Crown copyright and database
 right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a'
 cleachdadh QGIS 2.


Made by Bòrd na Gàidhlig 2015
 using QGIS 2.

Foghlam Luchd-ionnachaidh 2016–2018

Gaelic Learner Education 2016–2018

Bun-sgoil mar aig 2016 – 17 Primary as at 2016 – 17
 Àrd-sgoil mar aig 2017 – 18 Secondary as at 2017 – 18

| | | |
|---|------------------------------|---------------------------|
| ● | Àrd-sgoil le FLi | Secondary with GLE |
| ◆ | Bun-sgoil le Gàidhlig mar L2 | Primary with Gaelic as L2 |
| • | Bun-sgoil le Gàidhlig mar L3 | Primary with Gaelic as L3 |
| ■ | Sgìre comhairle le FLi | Council area with GLE |



Le data bho NRS
 © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.
 Le data bhon t-Suirbhidh Òrdanais
 © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.

Contains NRS data
 © Crown copyright and database right 2015.
 Contains Ordnance Survey data
 © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.

Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Foghlam Gàidhlig

Gaelic Education

Foghlam Gàidhlig ann am Baile-mòr Ghlaschu agus sgìrean mun cuairt 2017 – 2018.¹⁷

| Solar | Àireamh Sgoilearan aig Comhairle Baile Ghlaschu | Àireamh Sgoilearan aig Comhairle Baile Ghlaschu agus na sgìrean mun cuairt ¹⁸ |
|------------------------------|---|--|
| 0 - 3 | 81 | 257 |
| Solar Sgoil-àraich | 90 | 174 |
| Bun-sgoil Meadhan Gàidhlig | 634 | 916 |
| Àrd-sgoil Meadhan Gàidhlig | 327 | 439 |
| Bun-sgoil Luchd-ionnsachaidh | 21 | 24 |
| Àrd-sgoil Luchd-ionnsachaidh | 0 | 20 |
| IOMLAN | 1,153 | 1,830 |

Gaelic Education in and around the City of Glasgow 2017 – 2018¹⁷

| Provision | No. of Pupils in Glasgow Council | No. of Pupils in Glasgow City Council plus surrounding areas ¹⁸ |
|--------------------------|----------------------------------|--|
| 0 - 3 | 81 | 257 |
| Nursery Provision | 90 | 174 |
| Gaelic-Medium Primary | 634 | 916 |
| Gaelic-Medium Secondary | 327 | 439 |
| Gaelic Learner Primary | 21 | 24 |
| Gaelic Learner Secondary | 0 | 20 |
| TOTAL | 1,153 | 1,830 |

¹⁷

Dàta Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig 2017 – 18
gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2018/04/Da%CC%80ta-Foghlaim-AM-FOLLAIS-2017-18-egn-1-PUBLIC-Education-Data.pdf

Bòrd na Gàidhlig Education Data 2017 – 18
gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2018/04/Da%CC%80ta-Foghlaim-AM-FOLLAIS-2017-18-egn-1-PUBLIC-Education-Data.pdf

¹⁸

Sgìrean mun cuairt a' gabhail a-steach: Comhairle Rinn Friù an Ear, Dùn Bhreatainn an Ear, Siorrachd Lannraig a Deas agus Siorrachd Lannraig a Tuath

Surrounding areas include: East Renfrewshire Council, East Dunbartonshire, South Lanarkshire and North Lanarkshire

**Buileachadh agus
Sgrùdadh**
**Implementation and
Monitoring**

Latha Ceumnachaidh
2018.

Graduation Day 2018.



Tha am Plana Gàidhlig seo a' mineachadh taic is dealas Oilthigh Ghlaschu don Ghàidhlig rè na h-ùine 2018 – 2021.

Bidh an t-uallach iomlan airson buileachadh a' Phlana seo air Comataidh Gàidhlig an Oilthighe fo cheannas Àrd-Bhuidheann Stiùiridh an Oilthighe, agus bidh uallach buileachaidh bho latha-gu-latha air ar Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig agus na raointean cunntachail a tha air an comharrachadh sa phàipear seo. Bheir am Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig aithisgean cunbhalach mu adhartas air buileachadh a' phlana do Chomataidh na Gàidhlig a thèid aithris don Àrd-bhuidheann Stiùiridh mar a bhios iomchaidh.

A thuilleadh air Comataidh na Gàidhlig, tha sinn a' coimhead ri lionra ùr Gàidhlig, Comhairle na Gàidhlig, a stèidheachadh anns am bi luchd-obrach agus oileanaich bho air feadh an Oilthighe air an riochdachadh. Bidh buill Comhairle na Gàidhlig nas gnìomhaiche an sàs ann an lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig againn. Gabhaidh iad orra dreuchdan tagradaireachd agus bidh iad a' rannsachadh chothroman ùra don Ghàidhlig tarsainn ar teagaisg, agus ar solar rannsachaidh, nar n-obraichean agus nar com-pàirteachadh air an taobh a-muigh.

Bidh sinn a' tional dàta staitistigeach a thaobh luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus pàrtaidhean eile le ùidh am measg luchd-obrach agus oileanaich, agus nì sinn measadh air buaidh nam pròiseactan agus nan dealasan againn le bhith cumail sùil air figearan làthaireachd is conaltraidh aig tachartasan Gàidhlig, cothroman trèanaidh is ionnsachaidh agus gnìomhachd mheadhanan sòisealta.

Stèidhichidh sinn buidhnean obrach gearr-amail mar a dh'fheumar gus coimhead thairis air leasachadh is libhrigeadh air prìomh phròiseactan, a' gabhail a-steach na bliadhna bogaidh Gàidhlig a tha air a moladh agus ar ro-innleachd airson trusadh gu prògraman ceum Gàidhlig.

Ann am buileachadh a' Phlana Ghàidhlig seo, bidh sinn:

- a' giùlain air adhart agus gabhail a-steach nan dealasan uile bhon ath-thrial mu dheireadh de Phlana Gàidhlig an Oilthighe 2012 – 2017
- a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla nar seirbheisean agus stòrasan gus ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh
- a' leantainn air adhart gu gnìomhach a' tairgsinn agus ag adhartachadh sheirbheisean is stòrasan Gàidhlig
- a' cumail sùil chunbhalach air ìre cleachdaidh nan seirbheisean is stòrasan Gàidhlig agus ag adhartachadh nan cothroman sin far a bheil seo ìosal.

This Gaelic Language Plan outlines the University of Glasgow's support and commitment to Gaelic during the period 2018 – 2021.

The University's Gaelic Language Committee, reporting to the University's Senior Management Group, will have overall responsibility for the implementation of this Plan and our Gaelic Development Manager and responsible areas identified throughout this document, will have day-to-day responsibility for implementation. Our Gaelic Development Manager will provide the Gaelic Language Committee with regular reports on the progress of implementing the plan which will be reported to the Senior Management Group as appropriate.

In addition to the Gaelic Language Committee, we intend to establish a new Gaelic language network, Comhairle na Gàidhlig, which will comprise of both staff and student representation from across the University. Members of Comhairle na Gàidhlig will have a more applied involvement in the delivery of our Gaelic Plan. They will adopt advocacy roles and explore new opportunities for Gaelic across our teaching and research provision, in our operations and our external engagement.

We will collate statistical data in relation to Gaelic speakers, learners and interested parties amongst staff and students and we will assess the impact of our projects and commitments by monitoring attendance and engagement figures at Gaelic events, learning and training opportunities and social media activity.

We will establish short-term working groups as required to oversee the development and delivery of key projects including our proposed Gaelic immersion year and our strategy for recruitment to Gaelic degree programmes.

In implementing this Gaelic Plan we will

- carry forward and include all commitments from the previous iteration of the University's Gaelic Language Plan 2012 – 2017
- demonstrate equal respect for both Gaelic and English in our services and resources to promote the learning and use of Gaelic
- continue to actively offer and promote Gaelic services and facilities
- regularly monitor uptake of Gaelic services and resources and promote such opportunities where this is low.

Follaiseachadh ar Plana Gàidhlig Publicising our Gaelic Plan

Bidh ar Plana Gàidhlig ri fhaotainn gu dà-chànanach air an làrach-lìn againn agus bidh lethbhreacan pàipeir den sgrìobhainn rim faotainn le an iarraidh gu daoine fa leth agus buidhnean le ùidh.

Foillsichidh sinn ar Plana Gàidhlig ann an cumadh tachartais le PR a' dol leis, còmhla ri gnìomhachd mheadhanan sòisealta air àrd-ùrlaran air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.

Bidh ar Latha Gàidhlig bliadhna a' lean-tainn air adhart agus na phrìomh chothrom air ar Plana Gàidhlig adhartachadh do choimhearsnachd an Oilthighe agus air a thaobh a-muigh.

Our Gaelic Language Plan will be available bilingually on our website and hard copies of the document will be made available on request to interested individuals and organisations.

We will launch our Gaelic Language Plan in the form of an event with accompanying PR and social media activity on both internal and external platforms.

Our annual Gaelic Language Day will be an ongoing and key opportunity to promote our Gaelic Plan to the University community and beyond.

Treas Phàrtaidhean Third Parties

San t-suidheachadh far am faodadh seirbheis Oilthighe sam bith a bhith air a libhrigeadh le treas-phàrtaidh, nì sinn cinnteach gu bheil an solaraiche mothachail do dhealas an Oilthighe a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gun cùm iad ris na h-amasan agus na cinn-uidhe a tha air am mìneachadh sa Phlana seo agus san ath-thriall mu dheireadh, 2012 – 2017. Far am bi e iomchaidh agus aig àm am fastaidh, gheibh solaraichean cothrom air an làn sgrìobhainn tron làrach-lìn againn.

On the occasion that any University service should be delivered by a third party, we will ensure that the provider is aware of the University's commitment to the development of Gaelic and that they adhere to the aims and objectives outlined in this Plan and our previous iteration, 2012 – 2017. Where appropriate, and upon their appointment, providers will access the full document via our website.

Fiosrachadh Conaltraidh

Contact Information

An còmhlan, INYAL a' cluich aig Baile air Bhoil 2016.

INYAL performing at Baile air Bhoil 2016.

Is i an t-àrd-oifigear le uallach obrachaidh agus ceannas air ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh ar Plana Gàidhlig:

An Dr Dorothy Welch
Iar-Rùnaire
Cathraiche Comataidh Gàidhlig an Oilthighe
Dorothy.Welch@glasgow.ac.uk

Bu chòir ceistean bho latha gu latha mu obrachadh a' phlana, a chur gu:

Fiona Dunn
Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig
Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk

Oilthigh Ghlaschu
3 Gàrraidhean an Oilthighe
Glaschu
G12 8QH

The senior officer with operational responsibility for overseeing the preparation, delivery and monitoring of our Gaelic Language Plan is:

Dr Dorothy Welch
Deputy Secretary
Chair of the University's Gaelic Language Committee
Dorothy.Welch@glasgow.ac.uk

Queries about the day-to-day operation of the plan should be addressed to:

Fiona Dunn
Gaelic Development Manager
Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk

University of Glasgow
3 University Gardens
Glasgow
G12 8QH



Slighe–Fìrinn–Beatha

Way–Truth–Life

Vía–Verdad–Vida

Slighe

Air chall san oidhche
Gun dùil ri tilleadh ann:
Nì thu iùl orm.

Fìrinn

Èist ri m' aideachadh:
Tha mi lag; an eisimeil ort.
Lag, ach an creideas.

Beatha

Slàn leat, fhèin-earbsa;
Fàilte ri gèill chiùin;
Cobhair choisrigte.

Way

Totally derailed;
No way back – forward only.
You engage the drive.

Truth

I gladly own-up
To my own limitations
And my growing trust.

Life

Jet-setting sunset;
Sunrise of small-scale service,
Of still surrender.

Vía

Fracaso total,
Sin modo de regreso.
Tú me llevaste.

Verdad

Ya reconozco:
Mi fuerza no me basta;
¿Fiarne de ti? Sí.

Vida

Adiós, renombre.
Renazco por rendirme,
Por servir en paz.

Mar chuimhneachan air
An t-Ollamh Pòl L. Younger FRSE, FREng
1956–2018

'B ann às a' Chaisteal Nuadh a bha an t-Ollamh Younger is dh'ionnsaich e Gàidhlig gu fileantas. Bha e na bhall de Chomataidh Gàidhlig an Oilthighe agus na thagraiche làidir airson cànan agus cultar na Gàidhlig. Bidh sinn ag ionndrainn na chuir e ris an ro-innleachd Ghàidhlig againn gu mòr. Chaidh am meatraigs de haikus seo a sgrìobhadh leis an Ollamh Younger fhèin mar chomharra air a dhol air chluaineas ann an 2017.

In memory of
Professor Paul L. Younger FRSE, FREng
1956–2018

Professor Younger was originally from Newcastle and learned Gaelic to fluency. He was a member of the University's Gaelic Committee and was a passionate advocate for Gaelic language and culture. His valuable contributions to our Gaelic strategy will be sorely missed. This matrix of haikus was written by Professor Younger to mark his retirement in 2017.

glasgow.ac.uk/gaelic

Produced and Designed by UofG Gàidhlig and Tangent.
Photography by Tommy Ga-Ken Wan and the University Photographic Unit.
Printed by 21 Colour.

© University of Glasgow October 2018
The University of Glasgow, charity number SC004401